fèisean
NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Air loidhne tro Zoom
Dihaoine 10 Dùbhlachd 2021 @ 2f

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh a thèid air adhart air loidhne bho 2f, Dihaoine 10mh Dùbhlachd 2021 bho 2f.

Clàr Chùisean

4.2021.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann

4.2021.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c) Lèirmheas air pròram bhon Dàmhair agus sùil air adhart — Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d) Cùmhnant rannsachaidh air builean Fèisean nan Gàidheal — Aithisg airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(e) Plana Pròraim 2022-27 — Aithris airson Fiosrachaidh

4.2021.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2021-22 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2021 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d) Tabhartasan nam Fèis 2021-22 — Airson Fiosrachaidh
(e) Cùmhnantan Maoineachaidh — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

4.2021.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh sam bith as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh

4.2021.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Plana Lùghdachadh Gualain: Aithisg Bhliadhnail — Airson Fiosrachaidh

4.2021.06 EILE

(a) G I S B E
(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh agus coinneamhan eile 2022 — Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh den Bhòrd-stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Beinn Uais, Srath Pheofhair, Dihaoine 24 Sultain 2021 bho 2.30f

3.2021.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Anna Mhoireach (Cathraiche), Carola NicCaluim, Seòras Stoddart, Sarah-Jayne Shankland, Cailean Sandilands, Alasdair Paul, Anna NicAmhlaigh (tro Skype), Màiri Bhochanan (IGE), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Calum Macmhaoilein (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Luke Slater (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar-aon.

Chaidh meal a naidheachd a chur air Ciorstaidh NicDhùghaill airson a dreuchd ùr ann an Sabhal Mòr Ostaig agus air Anna NicAmhlaigh airson Duais na Banrìgh airson Seirbhis Shaor-thoileach aig Fèis an Rubha airson seirbhis don Ghàidhlig, do cheòl is do chultar ann an Sgìre an Rubha.

(b) Leisgeulan

Angela Mack, Ceitidh NicAonghais, Ciorstaidh NicDhùghaill, Mòrag Anna NicLeòid NicMhìcheil (Comhairle na Gàidhealtachd), Lena NicanFhùcadair (Comhairle na Gàidhealtachd), Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Caroline Swain (Comhairle Earraghàidheal is Bhòid), Donnchadh MacNìll (Comhairle Earraghàidheal is Bhòid),

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 21 Cèitean 2021 a sgaoileadh.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Cailean Sandilands is Seòras Stoddart a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Thog Art MacCarmaig gnothach a bha ann an geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh far an deach aontachadh atharrachaidhean sam bith sa Mheòrachan agus sna Riaghailtean Stiùiridh aig Fèisean nan Gàidheal a thoirt chun na coinneimh seo ro mholadh a rachadh a chur air beulaibh na Coinneimh Bhliadhnail.

Cha b' urrainnear seo a choileanadh taobh a-staigh na h-ùine a bha againn agus chaidh aontachadh, leis nach robh cabhag sa ghnothach, gun rachadh an obair a choileanadh ro Choinneamh Bhliadhnail na h-ath-bhliadhna.

3.2021.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg air a' phròram-obrach, a chaidh ullachadh le Art MacCarmaig, airson deireadh na bliadhn'-ionmhais 2020-21 a chuairteachadh.

A dh'aindheoin nan duilgheadasan leantainneach le Còbhad, bha buill a' Bhùird toilichte gabhail ris an adhartas ann a bhith a' toirt gu buil pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal.

(b) Aithisgean adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean adhartais a sgaoileadh bhon luchd-obrach agus thug buill a' Bhùird fainear do na bha annta.

Thug an Cathraiche taing as leth a' Bhùird do na h-uile airson an dìchill.

(c) Sùil air clàr an t-samhraidh is na mìosan romhainn

Rinn Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Ailig MacMhaoilein aithisg air a' chlàr-obrach an-dràsta agus air an obair ri teachd aig Fèisean nan Gàidheal.

Chaidh naidheachd a sgaoileadh air pròiseact ùr a bha Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba air coimisineadh, a bhiodh ga thabhann do bhun-sgoiltean sa h-uile eilean Albannach le luchd-còmhnaidh air.

Rinneadh toileachas ris a' phròiseact ùr agus dh'aontaich Buill a' Bhùird le dreachd na h-obrach a bha ga mholadh aig a' cheart àm ag aithneachadh gum faoidte grunn phàirtean dhith atharrachadh ri linn a' ghalair a tha fhathast a' leantainn.

(d) A' cur eòlas air a' bhuidhinn: Taisbeanadh le Peigi Anna Shields

Chuir Peigi Anna Shields, Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar aig Fèisean nan Gàidheal, cunntas an cèill a thug iomradh air an raon fharsaing obrach a bha i air dèiligeadh ris bho thòisich i aig Fèisean nan Gàidheal.

Thug buill a' Bhùird taing do Pheigi Anna airson a cunntais, na h-obrach aice agus ghuidh iad gach dùrachd dhi sna mìosan ri tighinn.

(e) Cùmhnant airson toradh obair Fèisean nan Gàidheal a thomhas

Dh'innis Art MacCarmaig an naidheachd mu dheireadh air a' chùmhnant rannsachaidh airson toradh obair Fèisean nan Gàidheal a thomhas a chaidh a thoirt do Steve Westbrook agus do Shandaidh MacAnndrais, is do an compàirtichean, Pàdruig Moireasdan agus Alana NicAonghais.

Chaidh adhartas a dhèanamh ged a bha e na bu shlàodaiche na bhathar an dùil, ach fhuair Art MacCarmaig barantas gun rachadh an obair a choileanadh ro dheireadh na Dàmhair le aithisg ri beachdachadh oirre aig an ath-choinneimh den Bhòrd.

Thugadh fainear dha leis a' Bhòrd.

(f) Plana-obrach 2022-27

Bhathar air dreachd eile de Phlana-obrach 2022-27, a chaidh ullachadh le Art MacCarmaig, a sgaoileadh ron choinneimh.

Bha e easbhuidheach on a bha sinn a' feitheamh ris an rannsachadh air buaidh obair Fèisean nan Gàidheal agus ris an naidheachd air an dòigh a bhios aig Alba Chruthachail airson maoineachadh san àm ri teachd. Is dòcha gun toir Plana Nàiseanta Ùr Gàidhlig buaidh air a' phlana againn cuideachd.

Bheachdaich Buill a' Bhùird air an dreach mu dheireadh seo agus thugadh fainear don adhartas a rinneadh gu ruige seo.

3.2021.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd A-steach agus Cosgaisean 2020-21

Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 31 Lùnastal 2021.

Thugadh fainear dha le buill a' Bhùird.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil – £9,188.56
- Cunntas Àrd-rèidh - £562,094.94
- Cunntas Blas - £2,819.00
- An t-Urras Leasachaidh - £8,525.07

Chaidh grunn suimeannan a phàigheadh ro làimh airson obair a bha fhathast ri coileanadh, leithid Fèis Blas agus Iomairt Chiùil na h-Òigridh, a dh'fhàg suim na bu mhotha na an àbhaist sa bhanca.

Thugadh fainear do na suimeannan le buill a' Bhùird.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2021

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2021, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh.

Thugadh fainear dhaibh le buill a' Bhùird.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2021-22

Bhathar air liosta de thabhartasan a chaidh aontachadh do dh'Fhèisean a sgaoileadh aig a' choinneimh mu dheireadh agus chaidh innse gun rachadh am pàigheadh mar a bha feum aig na Feìsean orra.

Thugadh fainear don dòigh-obrach seo leis a' Bhòrd.

(e) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2021

Bhathar air na cunntasan gu 31 Màrt 2021, a bha air an ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh ron choinneimh.

Thugadh fainear gun deach ar cùl-stòr am meud rud beag seach an-uiridh.

Chaidh gabhail ris na cunntasan, air a mholadh le Anna NicAmhlaigh le taic bho Anna Mhoireach.

A thaobh an cunnart a lùghdachadh le bhith a' gluasad cuid den airgead do bhancaichean eile, thuirt ionmhasair na buidhne, Seòras Stoddart, ged a dh'fhaodadh cunnart a bhith ann, gun robh sinn air dèanamh na b' urrainn dhuinn airson cunntasan ùra fhosgladh, rud a bha a' sìor-fhàs doirbh san t-suidheachadh a tha ann.

Chaidh aontachadh gun cuireadh an Ceannard fios gu Carola Bell a bha air beagan obrach a dhèanamh air cunntasan banca aig buidhnean carthannais agus gun innseadh e a' bhuil aig an ath-choinneimh.

(f) Luchd-sgrùdaidh: Daingneachadh Mann Judd Gordon

Bhon a dh'aontaich sinn cùmhnant trì bliadhna le Mann Judd Gordon ann an 2019, bha am Bòrd toilichte an daingneachadh don choinneimh bhliadhnail ri teachd mar luchd-sgrùdaidh airson 2021-22.

(g) Aontaidhean Maoineachaidh

Tha conaltradh cunbhalach againn ris na buidhnean a bhios a' maoineachadh a' chlàr-obrach againn agus dh'innis Art MacCarmaig don Bhòrd mar a bha na h-aontaidhean againn leotha an-dràsta.

Rinn Buill a' Bhùird toileachas ris an naidheachd air aontaidhean maoineachaidh agus thug iad fainear don fhios a fhuaras air ais bho Alba Chruthachail an lorg na coinneimh sgrùdaidh bliadhnail còmhla ris an Oifigear-iùil againn, Siobhan NicAnndrais.

3.2021.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh mu dheireadh

Chaidh innse gun robh Eilidh NicCarmaig air a dreuchd a ghabhail os laimh mar Rianaiche Fèisgoil.

Chuir buill a' Bhùird fàilte air Eilidh don sgioba.

3.2021.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Plana airson Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhail: Aithisg Bhliadhnail

Bhathar air aithisg air cur an gnìomh plana CII a tha ann an-dràsta a sgaoileadh ron choinneimh.

Thugadh fainear gun deach a' chuid as motha de na toraidhean a thoirt gu buil ach gun robh feum air tuilleadh oideis do bhuill comataidhean nam Fèisean agus do dh'oidean Fèisean ann an cùisean CII. Thuirt Art MacCarmaig gun robhar an dùil an treòrachadh a dh'ionnsaidh cùrsa oideis ACAS a tha ri fhaighinn air loidhne.

Tha feum aig Alba Chruthachail air plana ùr aon bhliadhna CII do 2021-22 ron t-Samhain.

Thug Buill a' Bhùird fainear do dh'adhartas ann a bhith a' coileanadh a' Phlana CII.

(b) **Clàr-gnothaich Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt 2021**
Bhathar air pròram na Coinneimh Bhliadhnail agus na Co-labhairt Bhliadhnail a sgaoileadh ro làimh. Tha dùil ri 65 luchd-compàirt a' frithealadh na co-labhairt le tuilleadh air loidhne.

Thug Buill a' Bhùird fainear don phròram agus bha na buill a' dèanamh fiughair ri co-labhairt shoirbheachail.

(c) **Aithisg Bhliadhnail 2021**
Bhathar air an Aithisg Bhliadhnail a sgaoileadh ron choinneimh.

Thug Art MacCarmaig taing do Chalum Ailig airson a chuid obrach ann a bhith ag ullachadh sgrìobhadh na h-aithisg agus do Luke airson obair dhealbhachaidh oirre.

Bha am Bòrd toilichte gabhail ri Aithisg Bhliadhnail 2021.

(d) **Maoinean Alba Chruthachail: Tasgadh is Maoin nan Ealan Gàidhlig**
Bhathar air fiosrachadh air na maoinean bho Alba Chruthachail a bhios Fèisean nan Gàidheal a' làimhseachadh a sgaoileadh ron choinneimh.

Thugadh fainear leis a' Bhòrd do na tabhartasan a chaidh ceadachadh leis na panailean neo-eisimileach.

3.2021.06 **EILE**

(a) **G I S B E**
Cha robh an còrr gnothaich ann.

(b) **Daingneachadh Ceann-latha na h-ath choinneimh: 10 Dùbhlachd 2021**
Thugadh fainear do cheann-latha na h-ath-choinneimh mar 10 Dùbhlachd 2021.

Chaidh aontachadh gum bu chòir feuchainn ris a' choinneamh a chumail an làthair a chèile agus chaidh a mholadh gur e deagh àite-coinneachaidh a bhiodh sa Ghearasdan.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2021.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne airson an dàrna ràith de 2021-22 gu 30 Sultain 2021.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal airson 2018-21, a chaidh a shìneadh:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean.		Cha deach suim sam bith a phàigheadh gu deireadh R2.	
AC2	Taic a thoirt ri obair ro-innleachdail ann am Fèisean a tha airson an obair aca a leudachadh no airson ath-shlànachadh an dèidh Covid.		Chaidh maoin shònraichte a thoirt do gach Fèis airson an cuideachadh cùisean ath-thòiseachadh. Ged a tha bacaidhean fhathast ann, tha cuid de na Fèisean aig ìre far an gabhadh tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a thabhann a-rithist. Chaidh Treòir a chur air dòigh gus taic a chumail ri grunn Fhèisean tachartasan a lìbhrigeadh a-rithist agus tha na Fèisean an sàs uile air tòiseachadh air tachartasan a lìbhrigeadh.	

			B’ e ath-thòiseachadh prìomh chuspair co-labhairt Fèisean nan Gàidheal a chaidh a chumail san t-Sultain.	
AC3	Taic do dh’obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.		Chaidh taghadh de chur-seachadan ealain Ghàidhlig a chruthachadh agus a lìbhrigeadh air loidhne eadar a’ Chàisg agus saor-làithean na Dàmhair mar phàirt den iomairt #cleachiaigantaigh. The Fèisgoil an sàs ann an obair ùr le co-bhanntachd de dh’ùghdarrasan ionadail a’ cleachdadh ealain airson Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.		Cha deach càil air adhart ann an R2.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra.		Chaidh coimisean Blas 2021 a bhuileachadh air Kim Carnie a bhios ag obair air pìos-ciùil stèidhichte air obair bana-bhàird na Gàidhlig, Màiri Mhòr nan Òran nam measg.	
AC6	A’ cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Coltach ris a’ mhòr-chuid de thachartasan eile, chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma a lìbhrigeadh ann an cruth air loidhne fo stiùir Aonghais MhicLeòid cuide ri Daibhidh Walker. Cha robh àireamh chom-pàirtichean àrd ach thog na bha an làthair deagh sgilean.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Maoineachadh cunbhalach do dh’obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh’oidean aig na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a’ moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.		Chaidh tabhartasan aontachadh le Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal ach cha tèid am pàigheadh gus am bi feum air an airgead nuair a thòisicheas gnìomhan a-rithist.	
AC8	A’ toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnsramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Chan eil iarrtas mòr sam bith air a bhith ann airson ionnsramaidean san ràith seo le tachartasan a’ dol air adhart air loidhne.	
AC9	A’ stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.		Tha seo a’ dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 20 iarrtas ann airson deuchainnean san ràith seo.	
AC10	Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan.		Tha maoin a bharrachd ri fhaighinn, a rèir feum, ach cha d’ fhuair sinn iarrtas sam bith son taic gu deireadh R2.	
AC11	Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh air sàr obair a dhèanamh a’ cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca airson a dhèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh aca fhad ‘s a tha buaidh ann bho Covid-19 agus airson gnothaichean ath-stèidheachadh. Chaidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt a chumail air 24 agus 25 Sultain le riochdairean bho bharrachd air an dàrna leth de na Fèisean an làthair. B’ e ath-thòiseachadh thachartasan agus mar a bhios buidhnean coltach ris na Fèisean sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a’ neartachadh mhion-chànan am measg òigridh prìomh chuspairean an tachartais.	
AC12	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a’ Ghàidhlig).		Chaidh clàradh a dhèanamh den fhilm ùr aig Meanbh-Chuileag, *Mo Bheannachd Ort*, a chaidh a shealtainn ann an sgoiltean cuide ri bùithtean-obrach beò, le barrachd obrach san amharc san t-Samhain. Chaidh 8 bùithtean-obrach dràma a lìbhrigeadh le Aonghas MacLeòid ann am Fèis Air Loidhne agus 8 a bharrachd le Lana Pheutan do dheugairean.	

AC13	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G.		Cha deach taic sam bith iarraidh gu deireadh R2. Ge-tà, tha pròg ram #cleachiaigantaigh air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus, far a bheil a leithid a dhìth, bidh briathrachas air a mhìneachadh.	
AC14	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean.		Bha tachartasan Hùb Hàb air an lìbhrigeadh beò tron phròg ram #cleachiaigantaigh. Chaidh cruinneachadh de dh'òrain Hùb Hàb an clàradh agus an cur air loidhne le taisbeanadh poblach air FèisTV.	
AC15	Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.		Chaidh Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart san Ògmhios a' comharrachadh Colmcille 1500 le cuid de thachartasan aghaidh-ri-aghaidh a bharrachd air pìosan a chaidh a chlàradh ro-làimh.	
AC16	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.		Bha cuid de chèilidhean a shruthadh bho Fhèisean ann an R2 bho Fhèisean Air Loidhne a chaidh air adhart rè shaor-làithean samhraidh nan sgoiltean.	
AC17	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta – Tasgadh - às leth Alba Chruthachail cho math ri Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Fhuair sinn dearbhadh bho Alba Chruthachail air àrdachadh gu £40k sa mhaoin airson Tasgadh am-bliadhna. Tha a' chiad dà cheann-latha seachad le aon chothrom eile ri thighinn ann an 2021-22. Tha a' chiad cheann-latha airson Maoin nan Ealan Gàidhlig seachad cuideachd agus cothrom eile air fàire san t-Samhain. Tha Alba Chruthachail air dearbhadh gum bi a' mhaoin seo a leantainn am-bliadhna cuideachd. Tha liosta de na pròiseactan a shoirbhich ri fhaicinn air ar làrach-lìn.	
AC18	Taic a chumail ri 7 Fèisean pàirt a ghabhail ann am pròg ram Treòir a' toirt chothroman do cheòladairean air muinntireas.		Tha na 9 Fèisean a fhuair cothrom pàirt a ghabhail sa phròg ram Treòir air na prìomh agus leas cheòladairean aca fhastadh agus tha obair lìbhrigidh air tòiseachadh.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC19	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Mar a thachair le tabhartasan, ga mhìneachadh ann an AC7, bidh an t-airgead seo ga sgaoileadh nuair a bhios feum air.	
AC20	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.		Cha robh iarrtas sam bith ann gu deireadh R2.	
AC21	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Cha deach na Cèilidhean air Chuairt air adhart ri linn buaidh Covid-19. Ge-tà, chum sinn Fèis Alba air loidhne san luchar, ged a bha an àireamh de chom-pàirtichean na b' ìsle na bhitheamaid sn dùil gu h-àbhaisteach. Bidh na seinneadairean a' gabhail pàirt ann am Fuaran air am pàigheadh airson feum a dhèanamh de na h-òrain a chaidh a chruinneachadh agus a chlàradh. Tha mòran de dh'oidean, no leas-oidean, ag obair air an ceann fhèin agus an eisimeil teachd a-steach bho na Fèisean. Tha sinn a' dèanamh ar dìcheall cothroman obrach a thairgse fhad 's a tha buaidh Covid a' leantainn. Bha cleasaiche òg, Fearghas Rothach, an sàs san fhilm ùr a chaidh a dhèanamh mu Chaluim Cille so Mheanbh-Chuileag.	
AC22	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Bidh Blas ga cumail eadar 19mh agus 27mh den t-Samhain le timcheall air 30 cuirm beò agus mu 20 tachartas air loidhne.	

AC23	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig.		Chaidh tachartasan còmhnaidheach a tharraing am-bliadhna a-rithist ri linn buaidh Covid-19. Ge-tà, chaidh dreach air loidhne de 5 Latha a thabhann sa Ghiblean le 11 com-pàirtichean agus bhideothan air an deasachadh ro-làimh le cuid den fheadhainn is àbhaist a bhith a' cumail taic ris an tachartas.	
AC24	Com-pàirt ann an rannsachadh neo-eisimeileach mu thoraidhean obair Fèisean nan Gàidheal.		An dèidh sanasachd agus tagraidhean fhaighinn chaidh cùmhnant a thabhann do Steve Westbrook agus sgioba a chuir e ri chèile. Tha an obair fhathast a' dol air adhart le dùil ri dreach aithisg san t-Samhain.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC25	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.		Tha buaidh nach beag air a bhith air obair nam Fèisean ri linn Covid agus tha e air a bhith nas dorra am-bliadhna na bha e an-uiridh com-pàirichean a thrusadh airson thachartasan air lodhne. Bidh gach Oifigear Leasachaidh a' cumail taic ri cruinneachadh de dh'Fhèisean agus tha grunn chòmhraidhean air a bhith ann mi ath-shlànachadh bhon ghalair. Tha gu leòr de na Fèisean air cumail romhpa le clasaichean cunbhalach air loidhne. Bha sinn air leth toilichte Oifigear Leasachaidh ath-stèidheachadh anns na h-Eileanan Siar agus chuir sinn fàilte air Peigi Ann Shields don dreuchd sa Chèitean. Tha an sgioba sùbailte agus tha iad air measgachadh de dh'obair eadar-dhealaichte a ghabhail os làimh a leithid #cleachiaigantaigh, Fèis Air Loidhne agus Treòir cho math ri taic le Fèisgoil is gnothaichean eile.	
AC26	A' cruthachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.		Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn le poileasaidhean a chruthachadh agus faodaidh Fèisean fa leth an gabhail òs làimh. Chaidh a' mhòr-chuid dhiubh ùrachadh le dùil aonta a' Bhùird a shireadh riutha san Dùbhlachd.	
AC27	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain.		Bidh àrachas ga thoirt do na Fèisean air fad mar phàirt den bhallrachd aca a tha a' gabhail a-steach gach cunnart co-cheangailte ris na gnìomhan aca.	
AC28	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.		Bha 15 seiseanan trèanaidh ann do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gu deireadh R2.	
AC29	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.		Ghabh buill den sgioba pàirt ann an 12 seiseanean trèanaidh gu deireadh R2.	
AC30	Taic le sgrìobhadh chruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean sònraichte.		Bha sgrìobhadh cruthachail na phàirt de dh'obair na Sgoile Samhraidh Dràma a chaidh air adhart air loidhne san Iuchar. Tha ar n-Oifigear Dràma, Aonghas MacLeòid, air na sgilean sgrìobhaidh chruthachail aige fhèin a chur gu feum tro sgriobtaichean a dheasachadh airson phròiseatan dràma, film ùr agus dealbh-chluich na Nollaige a bhios a' nochdadh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
AC31	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh.		Aig àm na Càisg cho-obraich Fèisean nan Gàidheal le Fèisean ionadail agus thachair an aon rud as t-samhradh, nuair is àbhaist dhaibh a bhith a' dol air	

			adhart, gus dèanamh cinnteach gun robh Fèisean a' tachairt air loidhne rè shaor-làithean nan sgoiltean. Ghabh cuid de na Fèisean pàirt san iomairt *Samhradh an Dòchais/Samhradh Cluiche*. Dh'obraich Fèisean nan Gàidheal air an iomairt #cleachiaigantaigh rè R2 a-rithist. Tha Fionnlagh MacIlllnnein a' cumail roimhe le greis-obrach a choileanadh, mar a tha Luke MacLeod à Leòdhas agus an còrr den sgioba de dheugairean a tha an sàs ann an Café Bheairteis.	
AC32	Plana Prògraim ùr a dheasachadh airson 2022-27.		Tha obair air toìseachadh air seo agus bheachdaich am Bòrd-stiùiridh air a' chiad dreach aig a' choinneamh aca sa Chèitean agus dreach eile san t-Sultain. Bha còmhradh mu shusbaint a' phlana aig a' cho-labhairt cuideachd.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC33	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.		Feumaidh Fèis sam bith a tha a' faotainn taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh. Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth.	
AC34	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh.		Cha bhi Cèilidhean air Chuairt a' dol air adhart mar bu chòir ri linn buaidh Covid. Faicibh AC22 gu h-àrd.	
AC35	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
AC36	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Le sìneadh air Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba tha sinn ag ath-chraoladh na h-òrain a chaidh a chlaradh an-uiridh ann am pròiseact a fhuair taic bho Riaghaltas na h-Alba. 'S i Bliadhna Colmcille 1500 a th' ann an 2021 agus chithear bho AC12 agus AC15 gun deach seo a chomharrachadh aig Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh agus ann am film ùr le bùithtean-obrach aig Meanbh-Chuileag. Bha pròiseact eile san amharc againn a' ceanglachadh Alba, Èirinn agus Alba Nuadh ach b' fheudar dhuinn beachdachadh a-rithist air seo leis na duilgheadasan a tha follaiseach an-dràsta.	
AC37	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, no far an gabhadh cothroman a chruthachadh.		Cha robh cothroman taisbeanaidh idir ann gu deireadh R2 ri linn buaidh Covid.	
AC38	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan.		Thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, cho math ri toiseach na bliadhna-sa, b' fheudar dhuinn na b' urrainn dhuinn de ar pròg ram a lìbhrigeadh air loidhne. Tha buannachdan agus dùbhlain air a bhith ann ach tha e follaiseach nach eil an aon iarrtas ann am-bliadhna airson tachartasan air loidhne 's a bh' ann an-uiridh fhad 's a bha an dùthaich fo ghlas. Tha am pròg ram #cleachiaigantaigh air leantainn cho math ri Fèisean Air Loidhne, *Tac an Teine* agus *Cèilidhean mun Chagailt* ann an co-bhonn ris a' Chomunn Gàidhealach.	

			Chaidh cùmhnantan a thabhann do 11 luchd-ciùil a bhios a' cur ris an stòras de leasnanan air loidhne againn, *Oide*.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC39	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn ma dh'fhaodte tro sgeama TMF.		Bha 15 seiseanan trèanaidh ann le 73 còmpairtichean. The feum air tuilleadh chòmhraidhean le TMF mun sgeama meantoraidh aca.	
AC40	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.		Bha 6 seiseanan ann le 11 com-pàirtichean gu deireadh R2.	
AC41	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Tha dithis òga suidhichte air a' Bhòrd-stiùiridh agus bidh iad a' nochdadh aig coinneamhan gu cunbhalach. Mar a tha ga mhìneachadh ann AC31 gu h-àrd tha òigridh an sàs ann an obair na buidhne fo bhratach Café Bheairteis. Tha Luke MacLeòid agus Fionnlagh MacIllinnein a-nise a' gabhail pàirt ann am Buidheann Prògramaidh Bhlas.	
AC42	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
AC43	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Tha na h-òrain airson Fuaran air nochdadh air loidhne. Tha sinn an dùil an aon chothrom a thoirt do sheinneadairean eile a thèid a thrusadh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
AC44	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.		Bidh com-pàirtichean ann am Fèisean agus nar n-obair dràma a' togail sgilean taisbeanaidh, ged nach robh cothroman cho pailt air a' bhliadhna a dh'fhalbh.	
AC45	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Bha trèanadh den t-seòrsa seo gu bhith na phàirt de dh'Fhèis Alba san luchar ach b' fheudar dhuinn a sheachnadh leis nach do chlàraich com-pàirtichean u leòr.	
AC46	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.		Gu deireadh R2, lìbhiig Fèisgoil 279 seiseanan *Blasad Gàidhlig* do 748 luchd-ionnsachaidh ann an 5 sgoiltean ann an sgìre na h-Eaglaise Brice a' toirt obair do 5 oidean. Bhon Dàmhair bidh *Blasad Gàidhlig* a' dol air adhart ann an sgoiltean anns na sgìrean a leanas: An Eaglais Bhreac, Glaschu, Earra-Ghàidheal is Bòd, Dùn-Dè, Dùn Breatann an Iar agus Àir a Deas. Chaidh 2 bhideo eile *Tutagan* do chlann sna tràth-bhliadhnaichean a chlàradh agus a sgaoileadh. Tha *Café Bheairteis* air cumail a' dol gach seachdain sa bliadhna sgoile ùr. Thòisich co-obrachadh le e-Sgoil le seiseanan dràma do 127 com-pàirtichean agsu bidh seiseanan *Beairteas* a' dol air adhrt bhon Dàmhair. Chaidh Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart san Ògmhios le 80 sgoilear an sàs agus Colmcille 1500 mar chuspair.	

			Dh'iarr Comhairle Baile Ghlaschu oirnn 72 seiseanan a lìbhrigeadh do luchd-obrach an ùghdarrais, a' toirt a-steach cànan agus cultur, thairis air 9 seachdainean le obair ga toirt do 9 oidean. Bidh Fèisgoil a' lìbhrigeadh pròg ram ùr – Treòir | Voar | Virr – ann an sgoiltean eileanach, a' toirt cosnadh do phailteas oidean agus cothrom teisteanas UHI a chosnadh.	
AC47	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		Chaidh crìoch a chur air obair ICO agus Acadamaidh a' Mhòid aig deireadh bliadhna na sgoile. Bidh clasaichean a' leantainn ann an ceòl traidiseanta anns gach sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd nhon Lùnastal 2021 tro chùmhnant le High Life na Gàidhealtachd. Thèid an àireamh de sheiseanan àrdachadh gu 10 anns gach sgoil le measgachadh de mhodhan-teagaisg - 50% air loidhne agus 50% aghaidh-ri-aghaidh.	
AC48	Pròg raman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC46 gu h-àrd airson Blasad Gàidhlig. Ged a tha an obair seo seasmhach an-dràsta tha mi-chinnt daonnan ann le buidseatan nan ùghdarrasan ionadail caran caochlaideach.	
AC49	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Faicibh AC46 gu h-àrd. Bidh seiseanan a bharrachd air an tabhann tro e-Sgoil agus, aon uair 's gu bheil a leithid ceadaichte, bhiomaid an dòchas seiseanan beò a chur air adhart ann an sgoiltean.	
AC50	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
AC51	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.		Faicibh AC39 agus AC40 gu h-àrd. Chaidh iarraidh oirrn le co-chaidreachas nan ùghdarrasan ionadail, a bhios a' tabhann Gàidhlig mar dara cànan, Fèis Trèanaidh a chur air dòigh dhaibh agus chaidh seo air adhart aig deireadh saor-làithean an t-samhraidh.	
AC52	Cothroman ionnsachaidh airson oidean ùra anns a' phròg ram Treòir.		Tha seo a-nise a' dol air adhart le ceòladairean air mhuinntireas agus oidean eile uile air am fastadh.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC53	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Tha a' mhòr-chuid de na Fèisean a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus iad a' tabhann chlasaichean ann an Gàidhlig, far an gabhadh sin a dhèanamh. Tha suidheachadh Covid air leigeil leinn tuilleadh chlasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh air loidhne na tha àbhaisteach. Tha sinn an dòchas cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh barrachd anns na Fèisean eileanach, cho math ri co-obrachadh a bhrosnachadh far a bheil a' Ghàidhlig na cànan san iomairt.	
AC54	Plana ùr Co-ionannachd, Iomadachd agus In-Ghabhail a chruthachadh airson 2021-22 agus an uair sin 2022-27 a' togail air eòlas bho phlana 2015-18 a chur an gnìomh.		Lìbhrig sinn ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail 2018-21 agus fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail san t-Sultain. Tha obair air loidhne ri linn Covid air leigeil leinn daoine ùra a ruighinn agus tha seo air a bhith feumail a thaobh in-ghabhaltas agus co-ionnanachd.	

			Bidh Alba Chruthachail ag iarraidh oirnn plana ùr CII a chruthachadh ro dheireadh na Samhna.
AC55	Cothroman a chruthachadh do dh'òigridh ann an suidheachaidhean dùbhlanach tro phròg ram Treòir.		Tha dleastanas air Fèisean a tha a' gabhail pàirt sa phròg ram Treòir a dhèanamh cinnteach gu bheil co-dhiù cuid de na cothroman a bhios ann gan tabhann do dh'òigridh a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha a' fulang ri linn buaidhean sòiseo-eaconomaigeach agus/no do chlann sna tràth-bhliadhnaichean.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.			
AC56	A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.		Tha luchd-obrach, Buill a' Bhùird agus oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' clàradh sgaoilidhean gualain gu cunbhalach. Tha dùil gum bi na sgaoilidhean seo gan lùghdachadh gu mòr ann am-bliadhna a-rithist leis nach eil luchd-obrach sna h-oifisean againn agus chan eil iadsan, no luchd-ealain, a' siubhail cho tric ri linn suidheachadh Covid.
AC57	A' cruthachadh Plana Làimhseachadh Gualain airson 2021-22 agus an uair sin 2022-27 a' togail air eòlas bho phlana 2018-21 a lìbhrigeadh.		Chaidh na h-amasan airson 2021-22 nar Plana Làimhseachaidh Gualain aontachadh agus gheibh am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail san Dùbhlachd.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC58	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh. Tha cuairt-litrichean gan sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach agus bidh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gan cleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC59	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra.		Faicibh AC38 gu h-àrd airson *Oide*. Chaidh taghadh farsaing a chruthachadh rè R1 le goireasan ciùil, dràma agus nan tràth-bhliadhnaichean ri fhaighinn air seanail YouTube FèisTV.
AC60	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Cha robh adhartas ann le seo ann an R2.
AC61	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.		Faicibh AC43 gu h-àrd airson Fuaran.
AC62	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Tha seo a-nise deiseil agus ri fhaotainn tron cheangal seo (Apple App Store) agus seo (Android).
AC63	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan, gu h-àraid FèisTV.		Bidh sinn a' sruth sreath de 9 cuirmean bho Bhlas san t-Samhain cho math ri òraidean air loidhne.
Fiosrachadh Àireamheil			

Obraichean air an cruthachadh/gleidheadh ILT (84.5/21)	30.2	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach gu sgìre HIE (£4.4m)	£701,785	Meudachadh san toradh ionmhasail (£360k)	£173,378	Luchd Saor-thoileach ùr (640)	32
Tabhartasan do dh'Fèisean	£19,271	Tabhartasan Eile	£57,553	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean (Tachartasan eile aig FnG)	920 (6,198)	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean (air loidhne)	18,127

Tachartasan Cultarach (1,441)	387	Pròraman trèanaidh le teisteanasan air an lìbhrigeadh (264)	0	Piseach air suidheachaidhean airson fàs ann an raointean obrach (1)	1	Bathar/slighean air an leasachadh	0
Seirbheisean stèidhichte no ùra a chaidh an leasachadh (3)	1	Pròiseactan com-pàirteachaidh le gniomhachasan cruthachail crìochnaichte (1)	0	Pròiseactan bun-structarail coimhearsnachdan crìochnaichte (2)	0	Buidhnean coimhearsnachd no daoine fa leth ann an sgìre HIE le comasan air an leasachadh (40)	7 (9)
Pròiseactan a tha a' cur ri eaconamaidh na Gàidhlig (1)	1	Toraidhean phoileasaidhean roinneil air an lìbhrigeadh (5)	0	Pròiseactan a' toirt taic don bhun-structar acadaimigeach (1)	0	Obair Eadar-nàiseanta	1

Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean				
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil				
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.		Faicibh AC46 gu AC47 gu h-àrd.	
InG2	Cuairtean timcheall làraich eachdraidheil agus dùthchasail air feadh Alba.		Cha do thachair càil gu deireadh R1.	
InG3	A' leudachadh phròraman ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.		Faicibh AC14 gu h-àrd.	
InG4	Òrain Ghàidhlig agus dràma ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ga teagasg airson eòlas a thoirt do dh'òigridh air dualchas na Gàidhlig.		Faicibh AC12 agus AC15 gu h-àrd.	
InG5	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
InG6	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig ann am foghlam foirmeil.		Faicibh AC51 gu h-àrd.	
InG7	Eadar-theangachaidhean agus dearbhadh Gàidhlig do dh' Fhèisean.		Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus dearbhadh gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.	
InG8	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		Faicibh AC47 gu h-àrd.	
InG9	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Faicibh AC49 gu h-àrd.	
InG10	Pròraman Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean agus a-measg bhuidhnean poblach air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC48 gu h-àrd.	
InG11	Iomairt ùr a' cumail taic ri bùithtean-obrach dràma do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.		Chaidh an iomairt 'Sporan' a stèidheachadh ann an 2019-20 agus bidh obair dràma a' dol air adhart ann an sgoiltean san t-Samhain.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean				
InG12	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Faicibh AC7 gu h-àrd.	

InG13	Taic leantainneach ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean.		Faicibh AC25 gu h-àrd.	
InG14	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh.		Faicibh AC2, AC18 agus AC19 gu h-àrd.	
InG15	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Faicibh AC53 gu h-àrd.	
InG16	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Faicibh AC8 gu h-àrd.	
InG17	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG18	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Faicibh AC59 gu h-àrd.	
InG19	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig, gu h-àraid mur a h-eil sin a' tachairt anns na Fèisean, agus a' cruinneachadh agus a' glèidheadh obair ealain ann an cruth didseatach.		Faicibh AC3, AC55 agus AC61 gu h-àrd.	
InG20	Taic shònraichte a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.		Faicibh AC10 gu h-àrd.	
InG21	Taic a chumail ri 7 Fèisean com-pàirt a bhith aca sa phròg ram Treòir airson ceòladairean air muinntireas.		Faicibh AC55 gu h-àrd.	
InG22	Pàirt a ghabhail ann an rannsachadh neo-eisimeileach air builean Fèisean nan Gàidheal.		Faicibh AC24 gu h-àrd.	
InG23	Plana Pròg raim ùr a chur ri chèile airson 2022-27.		Faicibh AC32 gu h-àrd.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh				
InG24	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.		Faicibh AC39 gu h-àrd.	
InG25	Pròg raman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stiùireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.		Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG26	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Faicibh AC44 gu h-àrd.	
InG27	A' cur taic ri sgeamaichean ùghdarraichte do dhaoine òga, leithid Duaisean Dhiùc Dhùn Èideann, Duaisean Ealain agus Duaisean Chrann na h-Alba.		Chan eil sgeama seasmhach aig an ìre seo a tha freagarrach airson nan sgilean a bhios còm-pàirtichean nam Fèisean a thogail aithneachadh.	
InG28	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Faicibh AC45 gu h-àrd.	
InG29	Cothroman coimeirsealta airson a leigeil le luchd-ealain cosnadh a dhèanamh à coimiseanan ùra.		Faicibh AC5 agus AC38 gu h-àrd.	
InG30	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Faicibh AC18 agus AC34 gu h-àrd.	

InG31	A’ toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Faicibh AC43 gu h-àrd.	
InG32	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC41 agus AC42 gu h-àrd.	
InG33	Ealla a ghabhail air sgilean agus cuspairean nach eil cho follaiseach anns na Fèisean, an leasachadh tro thachartasan sònraichte le èolaichean bhon roinn chruthachail, agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a sgaoileadh.		Faicibh AC55 gu h-àrd.	
InG34	Taic trèanaidh a thoirt do cheòladairean òga a bhios a’ faighinn chothroman tro phròg ram Treòir.		Faicibh AC52 gu h-àrd.	
A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				
InG35	Taic a chumail ri Chèilidhean air Chuairt an t-samhraidh.		Faicibh AC34 gu h-àrd.	
InG36	A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
InG37	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Faicibh AC62 gu h-àrd.	
InG38	Feum a dhèanamh de ghoireasan didseatach airson àireamhan luchd-frithealaidh fhàs, ma dh’fhaodte tro sheirbheis ùr airson tiogaidean a cheannach.		Bidh sinn a’ cleachdadh siostam air loidhne airson tiogaidean Blas a reic a tha a’ toirt dhuinn cothrom conaltradh ri luchd-cleachdaidh an dèidh làimhe. Tha ar Sgeama Tabhartasan a’ cur ghoireasan air loidhne gu feum, mar a tha Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig. Bhon Ghiblean 2020, bha sinn gu bhith ag obair còmhla ri AudienceFinder ach ri linn Covid, chaidh dàil a chur air sin. Tha sinn air a bhith a’ cleachdadh Eventbrite son clàraidhean a dhèanamh do thachartasan air loidhne agus leanaidh sinn oirnn leis a’ ghoireas seo.	
InG39	Taic a chumail ri cothroman còmhnaidheach ionnsachaidh cruthachail airson òigridh aig ìre sgìreil agus eadar-nàiseanta.		Faicibh AC23 agus AC34 gu h-àrd. Ghabh Ceannard Fèisean nan Gàidheal pàirt ann an co-labhairt eadar-nàiseanta aig Amateo sa Chèitean le riochdairean bho air feadh na Roinn Eòrpa.	
InG40	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail gach bliadhna.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
InG41	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a’ dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
InG42	A’ tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Faicibh AC36 gu h-àrd.	
InG43	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh.		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
InG44	FèisTV a leasachadh agus com-pàirteachas a thogail leis a’ BhBC agus BBC Alba airson stuth a chruthachadh do sgrìn agus craobh-sgaoileadh.		Faicibh AC38 agus AC63 mu FèisTV. Ged nach tàinig càil asta an-uiridh tha tuilleadh chòmhraidhean air a bhith ann le MG ALBA mu dheidhinn co-obrachadh le FèisTV.	

InG45	Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta a ruith às leth Alba Chruthachail.		Faicibh AC17 gu h-àrd.	
InG46	Com-pàirt ann an Caidreachas Culturach cuide ri SEALL agus Atlas Arts.		Cuide ri SEALL (prìomh bhuidheann) agus ATLAS Arts, bidh Fèisean nan Gàidheal na chom-pàirtiche ann an Caidreachas Cultarach airson sgìre an Eilein Sgitheanaich agus Loch Àillse a fhuair taic de £267k bho Alba Chruthachail.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1.1	A' cumail taic ri co-dhiù 46 Fèisean air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.		Faicibh AC1, AC2, AC7, AC8, AC9, AC10, AC11, AC19 agus AC20 gu h-àrd.	
BnG1.2	A' lìbhrigeadh co-dhiù 500 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Faicibh AC46 gu h-àrd.	
BnG1.3	A' cur air dòigh co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean is luchd-obrach.		Chuir a' mhòr-chuid den sgioba crìoch air cùrsa air loidhne le Colaiste a' Chaisteil airson an sgilean gràmair a leasachadh.	
BnG1.4	Ag amas air 18 com-pàirtichean airson 5 latha air loidhne no ann an tachartasan-còmhnaidh eile.		Faicibh AC23 gu h-àrd. Chaidh maoin air a comharrachadh airson 5 Latha agus an Sgoil Shamhraidh Dràma a chleachdadh mu choinneamh pròg ram #cleachiaigantaigh.	
BnG1.5	Ag amas air co-dhiù 80 seisean ullachaidh a thabhann do sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dh'ionnsaigh Mòdan ionadail no am Mòd Nàiseanta Rìoghail		Faicibh AC47 gu h-àrd.	
BnG1.6	A' lìbhrigeadh co-dhiù 30 seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig le buidhnean tràth-bliadhnaichean.		Faicibh AC14 gu h-àrd.	
BnG1.7	A' cur dealbh-cluiche ùr air dòigh airson sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le bùth-obrach eadar-obrachail stèidhichte air, is dealbh-cluich ùr eile air dòigh airson sgoiltean le foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh.		Faicibh AC12 agus InG11 gu h-àrd.	
BnG2.1	A' lìbhrigeadh 20 seisean ann an sgoiltean fo sheòl Fèis Blas, is ag amas air àrdachadh àireamhan com-pàirtichean gu 250.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
BnG2.2	A' cumail co-dhiù 20 tachartas fo sheòl Fèis Blas, is ag amas air àrdachadh àireamhan luchd-amhairc air loidhne gu 31,000.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
BnG2.3	A' stèidheachadh coimisean ùr airson luchd-ciùil.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG3.1	A' cumail co-dhiù 80 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Faicibh AC12 gu h-àrd. Thèid seo a choileanadh gu tur ro dheireadh R3.	
BnG3.2	A' cur Sgoil Samhraidh Dràma air dòigh le co-dhiù 10 com-pàirtichean.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG3.3	A' cur air dòigh dealbh-cluich na Nollaige le cuairt timcheall air 6 sgoiltean anns a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is aon taisbeanadh sruthadh beò air loidhne.		Gu mi-fhortanach, cha bhi taisbeanaidhean beò ceadaichte am-bliadhna. Mar sin, tha sinn an dùil panto a chlàradh agus a sgaoileadh do sgoiltean.	
BnG4.1	A' sruthadh co-dhiù 10 cuirmean air loidhne tro Fèis TV.		Faicibh C38 agus AC63 gu h-àrd.	
BnG4.2	A' leasachadh ghoireasan didseatach agus a' sealltainn fianais air àrdachadh luchd-cleachdaidh de co-dhiù 5% an taca ris a' bliadhna roimhe.		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
BnG4.3	Ma tha riaghailtean teann ri linn a' choròna-bhìoras a' leantainn, gun tèid seiseanan air loidhne lìbhrigeadh tron iomairt		Faicibh AC3, AC11 agus AC25 gu h-àrd.	

	#cleachdiaigantaigh, is ag amas air àrdachadh àireamh com pàirtichean gu 4,900.		The e cudromach a ràdh nach eil an aon iarrtas air a bhith ann am-bliadhna leis gu bheil beagan saorsa aig daoine nach robh aca aig an aon àm an-uiridh.	
BnG5.1	Fios as ùr anns gach aithisg air mar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh ann an ùine na h-aithisge mu dheireadh.		Chaidh aithris air a' chiad sia mìosan air adhart do Bhòrd na Gàidhlig fa leth.	
BnG5.2	Fios as ùr anns gach aithisg air suidheachadh ionmhais na buidhne gu h-iomlan.		Fhuair Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh seo agus tha cunntasan riaghlaidh airson R2 mar phàirt den aithisg seo cuideachd.	
BnG5.3	Fios as ùr anns gach aithisg air cunnartan na buidhne, le fios air gnìomhan lasachaidh.		Fhuair Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh seo san Dàmhair. Cha bhi am Bòrd-stiùiridh againn a' faighinn aithisg air cunnartan a làimhseachadh ach uair sa bhliadhna.	
BnG5.4	Fios as ùr anns gach aithisg air mar a tha thathar a chur poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gu bheil a' Ghàidhlig na cànan-obrach làitheil agus air a cleachdadh airson rianachd na buidhne.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus tha sin follaiseach anns an pàipearan a bhios gan ullachadh airson coinneamhan a' Bhùird, mar eisimpleir, nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG5.5	Fios as ùr cho luath 's a tha comasach nuair a tha atharrachaidhean ann a thaobh ballrachd a' bhùird no luchd-obrach na buidhne.		Chan eil atharraichean eile air a bhith ann aig ìre a' Bhùird-stiùiridh agus tha am fiosrachadh as ùire ri fhaighinn tron cheangal seo feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/.	
BnG5.6	Geàrr-chunntasan de choinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne air an cur gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's a tha iad air an ullachadh agus aontaichte.		Bidh pàipearan a' bhùird, le geàrr-chunntasan nan coinneamhan nam measg, a' dol gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	
BnG5.7	Lethbhreac de dh'aithisg agus cunntasan bliadhnail na buidhne air an cur gu Bòrd na Gàidhlig as dèidh dhaibh a bhith air am foillseachadh.		Chaidh ar n-aithisg bhliadhnail le cuunntasan fhoillseachadh san t-Sultain.	
BnG5.8	Gum bi am buidheann a' leantainn stiùireadh Obair Cothromach aig Riaghaltas na h-Alba.		Chaidh Fèisean nan Gàidheal aithneachadh mar Fastaiche Tuarastal Bith-beò.	
BnG5.9	Gum bi am buidheann is luchd-obrach aca a' leantainn lagh, riaghailtean is stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba ri linn a' choròna-bhìoras.		Tha modhan suidhichte againn airson tachartasan a bhios sinn fhìn no na Fèisean a' cur air dòigh agus tha cunnradh mu chumail ri riaghailtean co-cheangailte ri maoineachadh.	
BnG5.10	Gum bi am buidheann a' cur an gnìomh, no ag ullachadh, poileasaidh àrainneachd na buidhne gus buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.		Faicibh AS57 gu h-àrd. The Poileasaidh Àrainneachd aig Fèisean nan Gàidheal mar-thà feisean.org/wp-content/uploads/FnG-Environmental-PolicyGaidhlig.pdf ged a thèid lèirmheas a dhèanamh air am-bliadhna fhathast.	
BnG6.1	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseict a-rèir an Stiùireadh Aithneachaidh, le fianais as ùr air mar a thathar cur seo an gnìomh anns gach aithisg.		Bidh fianais fa leth aig Bòrd na Gàidhlig ach tha e follaiseach anns gach sanas agus sna meadhanan sòisealta gu bheil aithne ga toirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.2	A' foillseachadh co-dhiù 6 sanasan-naidheachd sa bhliadhna airson obair na buidhne a bhrosnachadh agus taic a' Bhùird aithneachadh.		Chaidh co-dhiù 8 sanasan naidheachd a sgaoileadh gu deireadh R2 far an deach aithne a thoirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.3	Sanasan-naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro-làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.		Bha co-dhiù 5 sanasan naidheachd gan sgaoileadh gu deireadh R2 far an deach aithris iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG6.4	Ag ùrachadh làrach-lìn agus cunntasan mheadhanan sòisealta na buidhne gu cunbhalach le fiosrachadh as ùr air obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh de taic-airgid a' Bhùird.		'S i obair làitheil a tha seo agus tha taic Bhòrd na Gàidhlig ga h-aithneachadh aig a h-uile cothrom a tha iomchaidh.	

BnG6.5	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh agus oifigearan lomairt aig Comunn na Gàidhlig.		Chan eil an uiread de choinneamhan air a bhith ann am-bliadhna ‘s a bha a’ dol air adhart aig an aon àm an-uiridh nuair a bha #cleachiaigantaigh ga chur air bhonn. Tha conaltradh air a bhith ann le oifigearean fa leth ge-tà.	
BnG7	Gun tèid beachdan a chruinneachadh bho chom-pàirtichean san obair agaibh a bheil iad aontachadh no eas-aontachadh ri na h-abairtean gu h-ìosal, stèidhichte air slatan-tomhais Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23, agus iomradh air na freagairtean air a thoirt seachad sna h-aithisgean adhartais: • “Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice” • “Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo sgilean Ghàidhlig a thoirt air adhart” • “Tha am [pròiseact/tachartas] seo air cur ris mo bheachd air cho cudromach sa tha a’ Ghàidhlig do dh’ Alba”		Tha cothroman gan cruthachadh tron phrògram againn. Tha obair a’ dol air adhart gus fianais a thrusadh tron t-siostam measaidh againn le dòchas gum bi barrachd a’ nochdadh mar phàirt den aithisg air a bheil iomradh ann an AC24 gu h-àrd.	
BnG8	Gum bi a’ bhuidheann a’ cur nam bliadhnaichean nàiseanta agus eadar-nàiseanta le cuspairean sònraichte a leanas air adhart agus a’ toirt aithne dhaibh an lùib na h-obrach agaibh agus sibh a’ togail bratach na Gàidhlig mar phàirt den t-sanasachd a nì sibh: • 2021: Bliadhna Cholmcille • 2022: Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba		Faicibh AC12, AC15 agus AC36 gu h-àrd.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a’ feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ge-tà, tha Comhairle na Gàidhealtachd air maoin a phàigheadh dhuinn airson 2021-22 agus tha sinn a’ dèanamh oidhirp a chumail ri targaidean a bh’ ann an Aontaidhean Ìre Seirbheis roimhe, ‘s iad sin taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Blas a chur air adhart gu soirbheachail.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	A’ cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2021-22. Mar a chaidh a mhìneachadh ann an AC25 gu h-àrd tha bacaidhean fhathast air obair nam Fèis, gu sònraichte leis nach robh cead aca sgoiltean a chleachdadh as t-samhradh am-bliadhna. Bha Fèisean a’ dol air adhart air loidhne ge-tà. Fhuair Fèis an Tairbeirt taic luach £11,290 mu choinneamh pròram Treòir agus tha iad air ceòladair agus leas-cheòladair air mhuinntireas fhastadh.	
CEB2	Taic ri pròram obrach Fèisean nan Gàidheal ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid, a’ gabhail a-steach: • Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh air loidhne fad seachdain • Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU • Luchd-obrach eile (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean)		• Tha dà Oifigear Lesachaidh a’ cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT). • Bidh Fèisean na sgìre a’ faighinn taic eile bhon sgioba air fad. • Gheibh sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Hùb Hàb, Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige. • Ghabh cuid de sgoilearan Earra-Ghàidheal is Bhòid pàirt sa phròram #cleachiaigantaigh.	

	• Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Àireamh bho sgìre Earra-Ghàidheil) • Fèis Dràma agus dràma ann an sgoiltean - air loidhne • Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre (cosgaisean pro-rata) • Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige san sgìre. • Pròram samhraidh – co-obrachadh le aon Fhèis gach seachdain le tachartas air loidhne • Taic a chumail ri Fèis Latharna airson a shol air adhart san Dàmhair aghaidh ri aghaidh no air loidhne • Taic ri Fèis Thiriodh a dhol an sàs ann an obair gus barrachd Ghàidhlig a chur gu feum sna tachartasan aca a' cur ri tuilleadh chothroman cleachdadh na Gàidhlig ann an Tiriodh.		• Gu mi-fhortanach, cha b' urrainn do na Cèilidhean air Chuairt a dhol air adhart a-rithist am-bliadhna. • Tha obair fhathast ri stèidheachadh le Fèis Thiriodh ann an oidhirp barrachd Ghàidhlig a chleachdadh.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2021

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2021.02(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

27.09.21 Coinneamh bhideo le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
29.09.21 Còmhradh ri DJ Mac an t-Saoir, OGE, mun phròiseact Treòir
05.10.21 Coinneamh le Andrew Bachell agus Daibhidh Francis bho Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba
05.10.21 Coinneamh le Eilidh Hall, Riaghaltas na h-Alba, mu cheòl aig COP26
06.10.21 Coinneamh air-loidhne mu ath-leasachaidhean an SQA agus Foghlam Alba
07.10.21 Coinneamh le Shona NicIlleinnein (BnG) agus Dòmhnall MacNèill (CnaG)
08.10.21 Coinneamh le Katie NicChoinnich airson còmhradh mu naidheachd mu Bhlas
20.10.21 Coinneamh le Siobhan NicAnndrais, Alba Chruthachail
01.11.21 Coinneamh de cheannardan nam buidhnean Gàidhlig
02.11.21 Coinneamh Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba mu theagasg aghaidh ri aghaidh
03.11.21 Coinneamh le sgioba sruthaidh Bhlas
05.11.21 Coinneamh le Iseabail Nic an t-Sagairt agus Mairead Chamshron bho MG ALBA
08.11.21 Coinneamh nam buidhnean Gàidhlig airson còmhradh mu SQA agus Foghlam Alba
15.11.21 Coinneamh bhideo le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
16.11.21 Coinneamh de phanail Maoin nan Ealan Gàidhlig
19.11.21 Tachartas Blas ann an Stafainn
20.11.21 Tachartas Blas ann an Inbhir Nis
20.11.21 Coinneamh le Siobhan NicAnndrais, Alba Chruthachail
23.11.21 Tachartas Blas anns a' Phloc
24.11.21 Coinneamh le Debbie NicAoidh mu ghoistidheachd FilmG
25.11.21 Tachartas Blas ann an Inbhir Garadh
26.11.21 Tachartas Blas ann an Inbhir Nis
06.12.21 Coinneamh de cheannardan nam buidhnean Gàidhlig
07.12.21 Coinneamh le MG ALBA
09.12.21 Com-pàirt ann an tachartas Oilthigh Dhùn Èideann mu choimhearsnachdan Gàidhlig
10.12.21 Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh

Duaisean na Gàidhlig aig Daily Record agus Bòrd na Gàidhlig
Bha Fèisean nan Gàidheal air a' gheàrr-liosta airson Sàr-dhuais na Gàidhlig aig Duaisean Gàidhlig na bliadhna-sa, a bhuinnig Eòghan Stiùbhart air a' cheann thall airson a phròiseact *Tillidh Mi*.

Talla nan Seòid
Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic a-rithist do Thalla nan Seòid aig tachartas Na Trads a bhios ga chumail ann an Glaschu Disathairne 4mh Dùbhlachd.

FilmG
Tha mi air aontachadh goistidheachd a thoirt don duais aig FilmG airson an fhilm as fheàrr le òganach bho aois 12.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur mi mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2020-21. Phàigh sin a-mach airgead ath-slànachadh Covid aig deireadh Am Mhàirt. Phàigh sin a-mach a' chiad cuid de airgead Treòir cuideachd. Thèid airgead tabhartasan 2021-22 a-mach a-rèir iarrtais.
- Pàigh mi mach airgead airson Maoin Leasachadh nam Fèisean aig deireadh na bliadhna ionmhais.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Sandy Gray feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Chaidh maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a bha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan.
- Bha mi trang chur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2021 air 24 Sultain 2021. Bha sin aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-òsta Beinn Uais, Strath Pheofhair agus bha 62 an làthair uile gu lèir.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean. Ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba & Cèilidh air Chuairt airson na co-òrdanaichean.
- Chan eil iarrtas mòr air a bhi air ionnsramaidean chùil a chur a-mach gu ruige seo. Tha Luke a' coimhead às deidh seo a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd. Chur Eilidh NicCoinnich, Fèis an Earraich, clàrsaich air dòigh dhuinn.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus tha seo ri ùrachadh a-rithist ro 22 Gearran 2022.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 20/21 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach am mìos seo agus tha airgead air tighinn a-staigh.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Fhuair Fèis an Tairbeirt, Fèis a' Bhaile, Fèis Spè, Fèis na h-Oige, Fèis Latharna agus Fèis na h-Apainne an cothrom seo. Tha 24 duine air pairt a ghabhail an trèanadh Dìon Chloinne. Tha sinn a' toirt taic do Grant MacPharlain, Fèis Phàislig, leis an Cùrsa Adhartais aig Sàbhal Mòr Ostaig.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Tha Luke a dèanamh trèanadh larach-lin bhon taigh còmhla ri luchd-obrach mar a bhios a' dhìth.
- Tha sinn a' cuideachadh Fhèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar air-loidhne.
- Bha mi a' cur air doigh litrichean agus pàigheadh airson Tasgadh. Thèid aig Luke seo a' dhèanamh a-nis agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Cleachdiaigantaigh, Guth nan Gael, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh, Treòir agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke a' toirt taic dhomh le seo a-nis.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

- Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Samhain 2021. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
- Bha 2 Chèilidh air Chuairt a' ruith ann an 2020-21agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach dhaibh. Bha trèanadh ri dhol air adhart air air-loidhne aig Fèis Alba.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire agus Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile an-dràsta ag obair bhon taigh. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais agus a cur a-mach foirm iarrtas gu Iomairt na Gàidhealtachd aig deireadh gach ràith.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Peigi Ann, Eilidh NicCarmaig, Laura agus Nicola. Thàinig Laura, a bha air forladh maithaireil, air ais pàirt-ùine anns an Òg-mhios. Thoisich Peigi Ann Shields còmhla rinn anns a' Chèitean agus Eilidh NicCarmaig anns an Ògmhios. Bha Lauren Ann Nicilleathain air Sgeama Greis Gnìomhachais.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine air-loidhne còmhla ri Kaye NicLeòid bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 30 Sultain 2021
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg ann airson na coinneimh seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2021.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Tha e air a bhith math a bhith faicinn grunnan dha na Fèisean a-nis a' cumail clasaichean is bùithtean-obrach aghaidh ri aghaidh, le cuid eile fhathast a' cumail rudan air-loidhne. Bidh sinn ag obair gu dlùth ri na Fèisean air na mìosan a tha romhainn airson a bhith cinnteach gu bheil an taic as fheàrr aca airson na tachartasan aca fhaighinn air ais gu sàbhailte. Tha feadhainn de chomataidh a' sìreadh buill ùra airson na comataidhean 's bidh sinn a' feuchainn ri taic a thoirt dhaibh daoine a thrusadh cuideachd.

Gu làitheil bidh mi a' cumail taic is stiùir ris an sgioba leasachaidh a tha air a bhith ag obair gu cruaidh is dealasach mar as àbhaist airson taic a chumail ri Fèisean agus pròiseactan Fèisean nan Gàidheal a lìbhrigeadh.

Tha 8 prìomh cheòladairean agus 10 leas-cheòladairean a-nis air am fastadh mar phàirt den phròiseact Treòir. Tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh agus na diofar ghnìomhan a tha mr phàirt den phròiseact 's tha mi cuideachd a' cumail taic is stiùir ri Fèis an Earraich.

Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba
Tha Luke a' foillseachadh òran gach seachdain a-rithist am bliadhna air na meadhannan sòisealta leis gun deach a' bhlaidhna sònraichte seo a shìneadh gu 2021 ri linn mar a thachair le Covid-19.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2021
San fharsaingeachd chaidh cùisean fìor mhath le Blas 2021, le measgachadh de thachartasan beò, sruthaidhean is tachartasan air-loidhne. Thug covid buaidh air dà thachartas 's thug an droch aimsir buaidh air dà thachartas eile.

Bha àireamhan math a frithealadh na consartan 's cuid mhath aca air na ticeadan air fad a rèic. Bha na h-òraidean air-loidhne gu math tarringeach 's bha grunnan a' gabhail pàirt as na bùithtean-obrach gach Disathairne.

Bha mi an sàs gu mòr le bhith a' cur gnothaichean ri chèile air thoiseach air fhèis agus fhuair mi a-mach gu tachartasan aig tòiseach gnothaichean ach gu mì-fhortanach cha d'fhuair mi a-mach gu tachartasan faisg air deireadh na fèise air sgath gnothaichean covid san teaghlach agam.

Trèanadh Luchd-obrach
Bidh sinn a' cumail latha trèanaidh san Dùbhlachd.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg
'S e ath-bheòthachadh nam Fèisean am prìomh chuspair a bh' againn aig a' choinneamh bhliadhnail san t-Sultain. Bha e math a bhith cluinntinn na diofar bheachdan a bh' aig na Fèisean a bha an làthair 's fhuair sinn tuigse nas fheàrr air na feumalachdan a th' aca son gnothaichean fhaighinn gu dol a-rithist.

Thug mi seachad buth-obrach do chomataidhean nam Fèisean aig deireadh an Dàmhair air mar a bhios EventBrite is Jotform ag obair.

Bidh sinn a' coimhead ri trèanadh Gàidhlig do luchd-teagaisg thairis air a' gheamhradh.

Fuaran
Chaidh na h-òrain fhoillseachadh as na beagan mìosan a dh'fhalbh 's bha e uamhasach math gun d'fhuair cuid dha na seinneadairean an cothrom a bhith an làthair aig a' choinneamh bhliadhnail agus cuideachd aig Blas airson na h-òrain a chruinnich iad a sheinn.

Bidh sinn a-nis a' coimhead air an ath shreath de Fuaran a chur air adhart ann 2022.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Cleachdiaigantaigh
Tha Café Bheairteis fhathast a' ruith gach seachdain 's bha tòrr chothroman againn mar phàirt de Bhlas cuideachd.

5Latha
Ghabh 11 pàirt ann an 5 Latha air-loidhne sa Ghiblean 's tha sinn a-nis a' coimhead air adhart le dòchas gum bi cothrom againn tighinn còmhla a-rithist sna Geàrrannan eadar 4-9 Giblean 2022.

Tac an Teine
Ged nach do chum sinn Tac an Teine son greis a-nis, tha sinn air a bhith ag obair leis a' Chomunn Gàidhealach air seiseannan seinn le seinneadairean bho air feadh na dùthcha dhan stiùireadh. Tha seo air taic fhaighinn bho mhaoin co-obrachaidh Bòrd na Gàidhlig.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Thèid na h-ath sreathan de leasanan ciùil fhoillseachadh a dh'aithghearr.

Chaidh 11 tachartasan a sruthadh mar phàirt de Bhlas 2021.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Tha sinn fhathast ag obair bhon taigh 's tha cùisean a' dol gu math leis an sgioba. Tha conaltradh cunbhalach a' dol air adhart agus taic mhath ga chumail dha chèile. Ged a bha sinn an dùil a bhith coimhead air tileadh dhan oifis beag air bheag tha an stiùir a th' ann an-dràsta a' moladh obrachadh bhon taigh.

Coinneamhan
Coinneamh Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal (24/9 & 25/9)
Còmhradh le Iain MacLeòid aig Beezr (4/10)
Còmhradh le Sandy Anderson (7/10)
Coinneamh le Ceitidh NicCoinnich mu Bhlas (8/10)
Coinneamh le sgioba struthaidh Blas (3/11)
Coinneamh le Iseabail Nic an t-Sagairt agus Maighread Camshron (5/11)
Tachartas Blas ann an Loch Carran (19/11)
Tachartasan Blas ann an Inbhir Nis (20/11)
Tachartas Blas ann an Inbhir Nis (21/11)

Name	**Eilidh NicCoinnich**
Position	**Manaidsear Fèisgoil**

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tachartasan Treànaidh:
Treòir| Voar| Virr (TVV) - coinneamh do na h-oidean an sàs le taisbeanadh fa-leth aig Màiri NicPhaidein agus Raghnaid Sandilands agus barrachd fiosrachaidh bho Dhòmhnall S Moireach agus Bruce Eunson, an sàs le ShetlandForWirds. A bharrachd air sin bha coinneamhan nas lugha ann do na h-oidean a-rèir sgìrean ionadail, ach an fheadhainn an sàs le sgoiltean Àir a Tuath oir cha robh oidean air bòrd anns an Arainn aig an àm sin.

daoine gan lìbhrigeadh	seiseanan	com-pàirtichean
5	6	40+

Blasad Gàidhlig – chuir Eilidh NicCarmaig seisean trèanaidh air dòigh agus bha seisean leantainneach againn le na h-oidean air 30.11.21
Dràma – faicibh aithisg Aonghas MhicLeòid airson fiosrachadh mu thrèanadh do na cleasaichean agus luchd-obrach eile an sàs le Mo Bheannachd Ort (Meanbh-Chuileag 2021/2022) agus Panto 2021.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA
Meanbh chuileag/Sporan/Panto: faicibh aithisg Aonghas MacLeòid airson fiosrachadh mionaideach mu Meanbh-chuileag agus na bùithtean obrach stèidhte air an fhilm *Mo Bheannachd Ort!* a bharrachd air a' phanto.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd. Tha an ùidh as motha ann am Blasad Gàidhlig follaiseach am measg ùghdarrasan ionadail bhon a thòisich mi aig FnG o chionn 6 bliadhnaichean. Le cothrom as ùire ann tro co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail, tha sia sgìrean a' tabhann Blasad Gàidhlig an teirmsa; is iad An Eaglais Bhreac, Glaschu, Earra-Ghàidheal is Bòid, Dùn Dè, Dùn Bhreatainn an Iar agus Àir a Deas. Faicibh cuideachd aithisg Eilidh NicCarmaig.
Teirm 2 (An Dàmhair- An Dùbhlachd):

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
18	22	780	1,914

Café Bheairteis: An ràith seo bha mi an làthair mar òst aig trì cafaidhean eile agus chlàraich mi iad le dùil gum bi iad a' nochdadh ann an sreath ùr FnG, pod-chraolaidh Café Bheairteis – aoighean an sàs Morag Anna NicNèill 01.10.21, Seonaidh Mac an t-Saoir 29.10.11 agus Tormod MacLeòid (Leòdhas) 05.11.21. Nochd mi aig Café Bheairteis aig Blas air 27.11.21 Gu mi-fhortanach le uallach obrach cha bhi mi an sàs tuilleadh ach tha mi air mo dhòigh ghlan gum bi Karen Oakley a' stiùireadh ghnothaichean mar rianaire agus òst bho seo a mach.

E-sgoil: Ann an co-obrachadh le e-Sgoil tha Fèisgoil a' lìbhrigeadh sheiseanan dràma air-loidhne do chlann bun-sgoile agus seiseanan Bheairteis do chlas 7 sa bhun-sgoil agus òigridh na h-àrd-sgoile.

Teirm 2 2021-2022 (An Dàmhair – An Dùbhlachd)
Dràma le Raonaid Cheanadach.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	11 sgoiltean; 12 clasaichean	24	168

Beairteas

1. Mairead Na h-Òganaich & Norrie Tago MacÌomhair 24.10.21

gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	4	2	68

2. Morag NicLeòid & Emma NicLeòid (Scalpaigh na Hearadh) 03.11.21

gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	9	2	173

3. Dolina NicIllinnein & Iain Mac 'Ille Mhìcheil 24.11.21

gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	9	2	151

CEÒL

ICO: tha cuid de na sgìrean deiseil mar thà airson bliadhna ionmhais 2021-22 le na seiseanan aca air a lìbhrigeadh, cuid air-loidhne agus cuid aghaidh-ri-aghaidh mar a bha HLH ag iarraidh. Tha mi fhìn gu bhith a' dèiligeadh ri rianachd sgoiltean Fèis Inbhir Narainn am-bliadhna agus cuiridh mi seo air dòigh leis an dùil gum bi iad a' gabhail àite an ath theirm.

Blas: le uallach obrach eile (faicibh gu h-ìosal), cha robh mi an sàs gu mòr am-bliadhna – an làthair aig tachartas sa Bhlàr Dhubh, Café Bheairteis/Fuaran beò agus taisbeanadh deireanach aig a' chathair eaglais ann an Inbhirnis, *Gruth is Uachdar*.

Treòir | Voar | Virr (TVV): Le maoin bho Riaghaltas na h-Alba, 's e pròiseact gu math mòr a th' ann an TVV, a' tachairt thairis sa chuid as motha de na h-eileanan air feadh Alba. Tron ràith seo, b' e TVV a' phrìomh phròiseact agam le sùil gu math dlùth air oidean fhastadh, sgoiltean a tharraing air bòrd, clàran-ama a chur air doigh iomadach uair, a' cur choinneamhan air dòigh do gach neach, neo do gach buidheann beag le ùidh sa phròiseact, rannsachadh a dhèanamh agus goireasan freagarrach a chur air dòigh as dèidh làimh, cùmhnantan agus rianachd eile a chur air doigh, a' bruidhinn ri luchd obrach aig a' cholaiste a tha an sàs ann an cùrsa a leasachadh neo a lìbhrigeadh, a' toirt beagan stiùiridh do chuid le cuspair sònraichte agus dòigh lìbhrigidh, a' cur fiosrachadh as

ùire do Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba agus a leithid, an còmhnaidh le taic bho sgioba FnG.

Tha cothrom ann do na h-oidean air fad a bhith an sàs le cùrsa fa-leth aig WHC, UHI, far am bi iad a' faighinn taic le cuspairean, structar agus rianachd. Tha cothrom cuideachd ann do na sgoiltean air fad a bhith an sàs le pod-craolaidh stèidhichte air a' phròiseact.

Tha 4 cànain an sàs sa phròiseact – a' Ghàidhlig, a' Bheurla, cànan Sealtainn agus Albais Arcaibh.

	Running as of 01.12.21	end of project
Local Authorities	5	6
Schools	55	80
Classes	N/A	92
Sessions	N/A	1656
Children	1011	1380*
Tutors	43	58
UHI sign ups	28	28
Languages/Dialects	4	4
** Gigha to confirm numbers*		

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Tro TVV tha cothrom air leth aig FnG sanasachd a dhèanamh is luchd lìbhrigidh is luchd èisteachd ùr a tharraing a-steach ann an sgìrean far a bheil Fèisean ann mar thà, ach cuideachd anns na coimhearsnachdan gun Fhèis; gu h-àraidh luchd cruthachail a' fuireach anns an Arcaibh agus Sealtainn. Bha mi a' sireadh taic tro bhuidhean mar ShetlandForWirds agus leabharlainn is a leithid le taic bho HIE. Chanainn gun robh mi ann an conaltradh le sianar a bharrachd air gach neach a thàinig air bòrd. Tha 58 oidean an sàs ach cha robh ach 12 dhiubh ag obair mar oide le FnG ron seo.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Tron ràith seo, choinnich mi ri eadar ceathrar agus ochdnar gach latha tro zoom neo air a' fòn. A bharrachd air sin, bha coinneamhan eile agam, nan measg, MEPG, luchd teagaisg agus ceannardan sgoile, luchd-obrach nan ùghdarrasan ionadail an sàs le Gàidhlig mar chànan a bharrachd, luchd obrach e-Sgoil, luchd obrach CnES agus luchd obrach Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Thòisich tachartasan Fèise aghaidh ri aghaidh a-rithist le clasaichean seachdaineil agus bùithtean obrach a bharrachd. Bha dùil aig an Fhèis bùithtean obrach agus consart a' ruith mar pàirt den Fhèis Bhlas ach gu mì-fhortanach, cha b'urrainn dhaibh a dhol air adhart air sgàth na droch shìde agus covid.

Fèis a' Bhaile

- Chaidh a' phrìomh Fhèis air adhart, aghaidh ri aghaidh, san Dàmhair aig Eaglais Bhaisteach Chùl Lodair agus Balloch le 26 com-pàirtichean agus chòrd e ris na com-pàirtichean agus na h-oidean.

- Tha an Fhèis airson club bogsa ùr a thòiseachadh anns a' Bhliadhn' Ùr.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach a' cumail a' dol air-loidhne.
- Ghabh buidheann bheag de compàirtichean pàirt anns a' phanto Ghàidhlig aig FnG, le taic bho Aonghas, an oifigear dràma againn agus Sorcha o'Carroll bhon Fhèis fhein.

Fèis Obar Dheathain

- Tha planaichean aig an Fhèis airson buth-obrach seinn air loidhne, airson teaghlaichean le Gillebrìde MacIllemhaoil air an 10mh latha den Dùbhlachd. Bidh fàilte air a h-uile duine.
- Bidh am prìomh Fhèis a' dol air adhart aghaidh ri aghaidh aig toiseach a' Ghiblein 2022.

Fèis Chataibh

- Cha do chum Fèis Chataibh tachartasan sam bith air a' bhliadhna dh'fhalbh. Bidh mi a' coimhead air doighean airson ath-bheothachadh tachartasan Fèise anns an sgìre anns na mìosan ri thiginn.

Fèis Spè

- Chaidh na clasaichean leantainneach air ais aghaidh ri aghaidh an teirm seo.
- Tha am proiseact Treòir aig Fèis Spè a' dol air adhart agus bidh an Ceòladair air Mhuinntireas a tadhal air a h-uile sgoil-àraich san sgìre anns na mìosan ri thighinn. Cuideachd, bidh clasaichean seachdaineil ùr a' toiseachadh.
- Chluich comhlan cèilidh na Fèise aig am Fèis Dhualchais Bhàideanach anns an t-Sultain, aig a Mhòd Nàiseanta anns an Dàmhair agus aig Blas nas tràithe air a mhìos seo.
- Chaidh Fèis 3- làithean air adhart san Dàmhair aig Talla Coimhearsnachd Coit a'Ghartain agus bha e gu math soirbheacail le 70 com-pàirtichean.
- Bha an comataidh a sàs le a' bhith a' cur air doigh cuirm-chiùil Blas aig Talla nan Ros.

Fèis Ghallaibh

- Bidh na bùithtean-obrach aig Fèis Ghallaibh a' tòiseachadh a-rithist nuair a tha e sàbhailte agus iomchaidh a bhith cruinn còmhla.

Fèis Mhoireibh

- Tha iad a' leantainn orra le clasaichean air-loidhne.

Fèis Lochabair - Pròiseact Danns Gleann Urchaidh.

- Nas tràithe air am mios seo, bha compàirtichean bho na clasaichean dannsa-ceum aig Fèis Lochabair a sàs ann am buth-obrach air loidhne le Màiri Britton a tha fuireach ann an Alba Nuadh. Tha mi an dòchas gum bi aon buth-obrach eile a' tachairt mar pàirt den pròiseact seo agus bidh sin a' libhreagadh le Eoghann MacEunraig.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Deireadh-seachdain de chlasaichean-maighstireachd aig Pitcalzean

- Bha sinn an dùil gun tèid an tachartas seo air adhart anns an t-Samhain aig àm Blas ach, cha d'fhuair sinn com-pàitichean gu leòr. Gu fortanach bha na h-oidean deònach bùithtean-obrach air loidhne a' libhreagadh airson Blas. Chaidh na seiseanan seo glè mhath agus bha com-pàirtichean ann bho cho fada air falbh ri Argentina.

Treòir

- Bidh mi ag obair leis na h-oifigearan eile airson sùil a' cumail air am pròiseact seo. O chionn ghoirid, chuir mi air doigh seisean trèanaidh airson na ceòlaidearan a' coimhead air

feumalachdan taic a bharrachd ach gu mi fhortanach b'fheaudar dhuinn a chuir dheth air sgàth tinneas ach cuiridh sinn air doigh ceann-latha eile sa bhliadhna ùr.
- Nas tràithe am mìos seo dh'obraich mi le Karen airson dà seisean dìon chloinne a chuir air doigh airson na h-oidean Treòir agus buill comataidh.

Fèis Alba/Ceilidh Trails
- Anns na mìosan ri thighinn, feumaidh mi smaoineachadh mu dheidhinn ciamar a bhrosnaicheas sinn com-pàirtichean aig an aois seo agus bidh mi a' coimhead air planaichean airson cothroman ùr a leasachadh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Treòir/Virr/Voar – Tha mi air a' bhith cuideachadh le cur siubhail air dòigh airson na h-oidean ann an Arcaibh agus bidh mi a' toirt taic do Eilidh nuair a tha e iomchaidh, suas gu àm Nollaig.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlas mar riochdaire nam Fèisean nuair a tha e iomchaidh agus chord e rium a' bhith a-muigh an t-seachdain seo chaidh aig tachartas Blas, gu h-airidh Gruth is Uachdar aig Cathair-Eaglais Inbhir Nis.

Ainm	**Karen Oakley**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis na h-Apainne
28 Sultain – còmhradh le Sheena Reid & Roo Geddes mu ath-thòiseachadh na Fèise.
Choinnich Sheena & Roo le daoine eile a tha airson a bhith an sàs agus tha iad na dòchas bùth-obrach a dhèanamh san Fhaoilleach 2022.

Fèis na h-Òige
Thug mi taic le planadh is sanasachd bùthan-obrach na Dàmhair (11-13^{mh}). Chuir an Fhèis na bùthan-obrach air dòigh leis a' Chomunn Ghàidhealach agus le Comhairle na Gàidhealtachd.
Taic le conaltradh do phàrantan an uair a thàinig cùis COVID air cuideigin a bh' aig an Fhèis.
Stiùir is sanasachd ro Choinneamh Shònraichte na Fèise (7 Dàmhair) .

Fèis Thiriodh
16 Samhain – coinneamh comataidh (Zoom) a' toirt fios mu Choinneamh Bhliadhnail FnG is iomairtean Gàidhlig Fèisean eile.

Fèis Latharna
26 Samhain - Còmhradh le Davy MacDhòmhnall agus Joanie Garvin (Zoom) mu airgead is pròiseactan na h-ath bhliadhna.
A' cur sanasachd na Coinneamh Bhliadhnail (11 Dùbhlachd) air dòigh.

Bha Raghnaid Sandilands bho **Fhèis Farr** an-sàs le bhith a' cur cuirm ciuìl Blas aig Strathdearn (26 Samhain) air dòigh.

Thug mi taic do **Fèis nan Garbh Chrìochan** a bhith a' faighinn Treòir gu dol.

12 Samhain – Còmhradh le Cathraiche **Fèis Lochabair**, Lauren Byrne (Zoom).

A' cumail fios leantainneach do Fèisean is co-obraichean air fad mu ghoireasan is cothroman. Tha **Fèis Òigridh na Mara**, **Fèis nan Garbh Chrìochan**, **Fèis Lochabair** is **Fèis Latharna** a' ruith clasaichean seachdaineil tron teirm sgoile.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Chuir mi **trèanadh cùram-chloinne** air dòigh do mhuinntir nam Fèis leis an NSPCC.
2 Samhain – 12 bho na Fèisean an làthair
10 Samhain – Nochd 10 bho na Fèisean.

Fuaran
28 Sultain – Rinn mi agallamh le Radio Skye mu dheidhinn nan clàraidhean ùr.
Bha mi a' conaltradh leis a h-uile òigear mu dheidhinn a bhith a' dèanamh cuirm Café Bheairteis mar phàirt don Fhèis Blas.
Seisean taic **Treòir (Fèisean)** le Ceòlaidearan air Muinntireas & Leas-cheòladairean, 11 Dàmhair,

Lìonra Oifigearan Gàidhlig - Seisean le Agnes Rennie, 30 Sultain.

Eòlas air a Ghàidhlig
Chlàr mi abairtean airson luchd-obrach Puirt-adhar na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

TREÒIR | VOAR | VIRR
Tha mi air a bhith a' cumail taic leis an sgioba a bhith a' cur Treòir aig Baile air bhog, leithid:
30 Sultain – còmhradh le Lynn NicDhòmhnall, Ìle
19 Dàmhair – Còmhradh le oidean Earra-Ghàidheal
11 Samhain – Còmhradh le Lynn NicDhòmhnall, Ìle
25 Samhain – Còmhradh le Curstaidh NicPhàrlain, Colla
A' cur seiseanan tòiseachaidh air dòigh còmhla ri oidean is sgoiltean Ìle is Dhiùra.

Café Bheairteis
Chuir mi aoighean na seachdain air dòigh, rinn mi sanasachd agus thòisich mi a bhith a' frithealadh a' Chafe gus taic is brosnachadh an òigridh. Tha seo a' còrdadh rium gu mòr.

Ceann-latha	Aoigh na seachdain	Àireamh òigridh (aois 12 – 26)
29.10.21	Seonaidh Mac an t-Saoir (Trail West)	2
05.11.21	Tormod MacLeòid (cleasaiche)	2
12.11.21	Rona Wilkie (Marit & Rona)	3
19.11.21	Iain Stephen Moireasdan (Am Pàipear)	3
27.11.21 (Blas)	Art MacCarmaig (Ceannard FnG, Macmeanma)	8 (agus 5 fo 12)

18 Samhain - Còmhradh le sgioba stiùiridh a' Chafe gus planadh airson na cuirme Blas (Zoom).

YMI
Thug mi taic do Aonghas Binnie le bhith a' cur fios air luchd-ciùil mun cuairt Ghleann Comhain.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Blas

25 Samhain, Assynt & Deirdre Ghreumach– Blas rep & bean an taighe
26 Samhain, Norrie Macìomhair & Hecla– Bean an taighe (air a chur dheth air sgàth 's gun deach an dealan dheth).
27 Samhain, Café Bheairteis– A' planadh Café Bheairteis aig Blas (còmhradh, seisean-ciùil is seinn agus agallamh le aoigh) còmhla ri òigridh a' Chafe, Café Ness is mo cho-obraichean.
Calum is Eilidh. 'S e e feasgar gu math dòigheil a bh' ann – rinn an òigridh sònraichte.
27 Samhain, Gruth is Uachdar – Rep.

Ainm	**Abi Lightbody**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Tha **Fèis Arainn** fhathast a' ruith clasaichean seachdaineil ann an talla coimhearsnachd an àite talla ùghdarras ionadail. Tha iad a' faighinn deiseil airson Bùth-obrach Geamhraidh air 19mh an Dùbhlachd le Còmhlan Cèilidh air Chuairt Fèis Phàislig. Tha iad an dòchas gum bidh còmhlan cèilidh beag a' fàs bho na buthan-obrach a tha gu bhith aca le dùil gum bidh Cèilidh air Chuairt aca anns an àm ri teachd. Tha a' chomataidh ag iarraidh Fèis aghaidh ri aghaidh ann an 2022. Tha rud beag airgead air fhàgail aca bhon Tabhartas Slànachaidh Covid agus cosgaidh iad sin air na clasaichean seachdaineil.

Chan eil mi air rud sam bith a chluinntinn bho **Fèis Ceann Loch Goibhle** ach tha sinn a' creidsinn nach eil iad airson tachartasan Fèise a' ruith tuilleadh.

Tha **Fèis Chille Bhrìghde an Ear** airson Fèis a chumail san t-Earrach 2022 sa Mhàirt no sa Ghiblean. Tha Tabhartas Slànachaidh Covid aca fhathast agus tha iad airson an t-airgead sin a chleachdadh airson an Fhèis.

Tha **Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar** air ais a' teagasg aghaidh ri aghaidh.

Tha **Fèis Dhùn Èideann** a' cumail a' dol le clasaichean air-loidhne air sgàth 's nach eil sgoiltean ionadail ri fhaighinn air màl fhathast. Tha iad ag iarraidh buthan-obrach a' ruith ann an 2022.

Tha **Fèis Fhoirt** a' teagasg air-loidhne air sgàth 's gu bheil Comhairle Sruighlea fhathast a' cleachdadh an Tolbooth. Tha iad an dòchas a bhith air ais aghaidh ri aghaidh anns an Dùbhlachd. Tha an comataidh airson tàille nas àirde a phaigheadh dha na h-oidean airson 2022 airson a bhith nas fhaisge ri cosgaisean MU agus tha iad ag iarraidh oidean a phàigheadh airson siubhal cuideachd. Tha Ally Forsyth fàgail a dhreuchd mar co-òrdanaiche airson na Cèilidhean air Chuairt agus cuiridh sinn cudeigin eile san dhreuchd aig tòiseach an ath-bhliadhna. Tha Fèis Fhoirt airson Fèis aghaidh ri aghaidh a chumail sa Chèitean 2022.

Tha Coinneamh Bhliadhnal gu bhith aig **Fèis Ghàidhlig Ghlaschu** air an 8/12/21 agus tha iad airson tachartasan aghaidh ri aghaidh a chumail tro 2022 anns An Leanag.

Tha **Fèis Lannraig a Tuath** airson buthan-obrach a chumail airson sgoilearan àrd-sgoil gach Dihaoine. Tha Kevin Rodgers a' faighinn a-mach dè cùspairean a tha na sgoilearan ag iarraidh agus cò bhiodh math mar òidean.

Chuir a' chòmhlan Cèilidh air Chuairt **Fèis Phàislig** a' chlàr aca air bhog air an 12/11/21 ann am Pàislig aig consairt beò aghaidh ri aghaidh. Bidh iad a' siubhal gu Arainn san Dùbhlachd airson buth-obrach a' ruith air an eilean. Tha na clasaichean seachdaineil aig Fèis Phàislig a' ruith air-loidhne le clas aghaidh ri aghaidh gach trì seachdainnean. Tha dithis oidean fhàgail agus tha sinn a' deanamh agallamhan airson òidean ùra air 6/12/21.

Air sgàth 's Covid, chuir **Fèis an Tairbeirt** an Fhèis aca dheth san t-Samhain. Ach tha iad airson am programe àbhaisteach aca a' ruith an ath-bhliadhna a' tòiseachadh le Fèis aghaidh ri aghaidh sa Mhàirt 2022. Tha a' phròiseact Treòir a' ruith gu math aca agus tha iad an dùil cumail a' dol le na clasaichean. Cuiridh sinn iarrtas a-staigh gu FnG airson na cosgaisean. Tha Fèis an Tairbeirt gu math toilichte gun d' fhuair iad taic bhon a' Cho-op.

Fhuair **Fèis Thatha** taic airgead gu math mòr bhon tuathanas-gaoithe ionadal agus tha iad airson oifigear leasachaidh fhastadh. Tha iad ag obair le Taigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh a-rithist an ath-bhliadhna agus Fèis aghaidh ri aghaidh a chumail san t-Sultain 2022.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tha na pròiseactan **Treòir** uile a' ruith gu math agus tha deagh àireamhan dhe com-pàirtichean aca. Tha Fèis an Tairbeirt airson cumail a' dol le clasaichean seachdaineil air-loidhne nuair a tha Treòir deiseil agus tha sinn a' coimhead air buidheannan maoineachaidh airson na clasaichean sin agus obair-chàraidh air na h-ionnsdramaidean aca. Tha Treòir aig Fèis Phàislig a' ruith gu math cuideachd agus tha Anne Whiteford (leas-ceòladair aca) a' gabhail barrachd dleastanas airson na clasaichean gach seachdain. Tha Treòir a' ruith gu math aig Fèis Fhoirt cuideachd agus tha na màthraichean a tha tighinn dha na clasaichean ag iarraidh a bhith an sàs cuideachd. Tha mi a' smaoineachadh gum bidh feum air barrachd airgead airson Fèis Fhoirt airson cosgaisean siubhal aig na h-oidean Treòir nach robh sa chiad buidseat.

Chaidh mi gu bùth-obrach **Vibrant volunteering** a chuir Impach Hub Inverness air dòigh air an 23/11/21 airson ionnsachadh a bharrachd mu dheidhinn a' tarraing saor-thagraichean dha na Fèisean agus gan cumail an sàs.

Chuidich mi Aonghas MacLeòid le bhith a' cuir seata còmhla airson **am panto-maim 2021**.
Tha mi air a bhith ag obair le Eilidh NicCoinnich leis a' phròiseact **Treòir | Voàr | Virr** le bhith ceannach stuth ealain, trusadh oidean agus a' cur coinneamhan air dòigh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Chuidich mi le consartan **Blas** ionadail mar riochdaire FnG, a' gabhal a-steach coimisean Kim Carnie ann an Inbhir Nis, consairt le Brian Ó hEadhra, Fionnag NicChoinnich and Emma Macleod anns a' Bhlàr Dhuibh agus consairt ann an Srath Èirinn a bha a chuir dheth air an aimsir air sgàth droch aimsir.

Tha mi fhathast an sàs le **Cruinneachadh Ghàidhlig Earra-Ghàidheal** agus cuiridh FnG taic riutha le cèilidh air-loidhne le ceòladairean agus seinneadairean. Tha an tachartas air fad a-nis a' gabhail àite air-loidhne.

Ainm	**Peigi Ann Shields**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha clasaichean maileòidean, bogsa-ciùil, giotàr, obair buidhne airson deugairean, seiseanan ciùil tràth-bhliadhnaichean, seinn Gàidhlig is dannsa-ceum air a bhith a' dol aghaidh ri aghaidh. Tha an ceòlaidear air mhuinntireas is na leas-cheòladairean aig Teòir an sàs is a' riuth feadhainn de na clasaichean seo cuideachd.
- Bha cothrom aig a' chloinn às òige agus na deugairean a bhith mar phàirt de thachartas Blas ann an talla Clan MacQuarrie, agus chòrd e riutha gu mòr a bhith a' cluich air beulaibh dhaoine. Bidh cothrom eile aca aig consart na Nollaig air 10 Dùbhlachd.
- Choinnich mi fhèin is Mary ri Ceitidh NicDhòmhnaill, an oifigear leasachaidh ùr aig CnaG san sgìre agus tha ise gu bhith a co-obrachadh leis an fhèis bho seo a-mach ma tha cothrom ann.
- Tha an fhèis an dòchas fèis aghaidh ri aghaidh a bhith aca sa Ghiblean, agus bidh mi ag obair còmhla riutha airson maoineachadh fhaighinn airson tachartasan a leithid Ceòl Nis an ath-bhliadhna.

Fèis Eilean an Fhraoich

- Tha mi air a bhith a' coinneachadh le Peigi gu tric mu dheidhinn Treòir, seach gu bheil an fhèis a' co-obrachadh le Fèis Taigh Dhonnchaidh. Tha ceòladairean Treòir a' dèanamh seiseanan le sgoil-àraich Bun-sgoil Steòrnabhaigh air loidhne an-dràsta, ach tha iad an dòchas seiseanan aghaidh ri aghaidh a thòiseachadh sa bhàile ro àm na Nollaig.
- Tha AGM gu bhith aig an Fhèis a dh'aithghearr, is iad a' tòiseachadh a' coimhead air adhart chun ath-bhliadhna. Bidh mi gan cuideachadh le planaichean ùra.

Fèis an Rubha

- Tha AGM is EGM air a bhith aig an Fhèis, ach gu mì-fhortanach cha tàinig gu leòr a-mach airson comataidh a chur ri chèile. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth leis an dithis a tha air fhàgail air a' chomataidh, a' cur fios a-mach gu pàrantan sa sgìre, a' sgrìobhadh FAQs airson fios a chur a-mach mu dè tha an sàs agus a' sgrìobhadh pìos anns a' phàipear ionadail An Rubhach.
- Tha iad an dòchas coinneamh eile a bhith aca aig toiseach na h-ath-bhliadhna às dèidh dhaibh fhèin bruidhinn ri pàrantan aghaidh ri aghaidh, airson comataidh is saor-thoilich fhaighinn.

Fèis na Hearadh

- Chan eil mòran air a bhith a' tachairt sna Hearadh bho choinn ghoirid. Tha iad feumach air AGM ach tha iad airson feitheamh gus am bi fios aca am bi fèis ann an ath-bhliadhna.

Fèis Tìr an Eòrna

- Bha mi aig AGM na Fèis, agus bha e uabhasach math. Bha naoinear an làthair agus tha comataidh mòr aca a-nis le daoine ùra air tighinn air cuideachd.
- Tha an fhèis a' toiseachadh chlasaichean air loidhne a-rithist an teirm seo, bidh iad a' tabhainn pìobaireachd, fidheall, giotàr, bogsa-ciùil is feadan a-rithist, is thug mise taic le sanasachd.
- Tha comataidh na fèis an dòchas fèis a chumail an ath-bhliadhna, agus tha iad air toglaichean a chur air dòigh air eagal 's nach eil an sgoil ri fhaighinn.

Fèis Tìr a' Mhurain

- Bha AGM aig Fèis Tìr a' Mhurain air 26/10/21 ach gu mì-fhortannach bha covid air feadhainn den chomataidh. Bha mi fhèin gu bhith shìos airson an AGM, agus cuideachd a' cèilidh air AGM Fèis Tìr an Eòrna is comataidh Fèis Bharraigh ach chaidh an turas a chur dheth air sgàth `s covid. Tha comataidh aig an Fhèis, ach tha iad airson duine no dhithis ùr fhaighinn, le sin tha EGM gu bhith aca sa bhliadhna ùr.

- Tha clasaichean seachdaineil aghaidh ri aghaidh a' dol san eadar-ama le Chloe Steele ann an seinn Gàidhlig is feadan, agus tha na clasaichean a' dol gu math. Tha mi air a bhith gan cuideachdadh le sanasachd is le comhairle mu risk assessment a thaobh covid.

Fèis Bharraigh

- Thòisich Claire NicNèill, a bh' air a' chomataidh mur tha, mar rùnaire ùr Fèis Bharraigh anns an t-Sultain. Ged a dh'fhàg Catriona an dreuchd tha i fhathast an sàs agus air a' chomataidh. Bha mise an sàs ann an sanasachd is a' dèanamh agallamh oir tha a h-uile duine air a' chomataidh uabhasach eòlach air a chèile.
- Bha oidhche aig an fhèis air Zoom airson fàilte a chur air ceòladairean Treòir.
- Tha na clasaichean seachdaineil aca fhathast a' dol gu àm na Nollaig.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Bha mi an làthair aig Child Protection Training air 02/11/21. Chaidh a chur air dòigh airson comataidhean ach seach nach robh mi air an treànadh a dhèanamh roimhe rinn mise e cuideachd. Bha an treànadh air leth feumail agus tha mi a-nis a' faireachdainn gu bheil tòrr a bharrachd eòlais agam agus gum bithinn nas comhfhurtail taic a thoirt dha na fèisean nan tachradh càil.

Bha mi cuideachd an lathair aig seisean 'Vibrant Volunteering' air a' riuth le Impact Hub Inbhir Nis. Dh'ionnsaich mi bho daoine a tha ag obair le buidhnean eile, agus bha beachdan math acasan a tha mi an dòchas a chleachdadh san àm ri teachd. Bha e cuideachd feumail cluinntinn gu bheil buidhnean eile leis na h-aon trioblaidean sa th' againne, is nach eil e furasta dhaibh daoine fhaighinn an-dràsta.

Tha mi air a bhith a' dol gu coinneamhan airson Oifigearan Leasachaidh ann an Alba, air an riuth le CnaG is Sabhal Mòr Ostaig. Tha iad air a bhith a' cur air dòigh taisbeanaidhean le daoine a tha ag obair ann an saoghal leasachaidh na Gàidhlig, agus an t-seachdain a chaidh bha cudeigin à saoghal leasachaidh na Gaeilge ann an Èirinn a' bruidhinn. Tha na seiseanan seo feumail airson a bhith ag ionnsachadh dè a tha air obair do dhaoine eile, cuideachadh is comhairle a thoirt dha cheile, a bhith a' faighneachd cheistean agus coimhead airson cothroman co-obrachaidh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Bha mi a' cuideachdadh far am b' urrainn dhomh aig Blas, a' coimhead às dèidh oraid air loidhne le Fiona NicChoinnich. Bha mi cuideachd an lathair aig consart ann an Nis, agus bha Taigh Dhonnchaidh an sàs cuideachd. Bha e sgoinneil taic a thoirt dhaibh a' togail airgid agus a' sanasachd na fèis, agus cuideachd a' faicinn an òigridh a' taisbeanadh nan sgilean aca don choimhearsnachd air fad.

Tha mi air a bhith a' cuideachadh Eilidh is an sgioba aig Fèisgoil le Treòir aig baile. An lùib seo, tha mi air a bhith a' coimhead airson, agus a' bruidhinn ri oidean is sgoiltean anns na h-Eileanan agus ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha mi cuideachd air a bhith a' toirt taic do dh'Eilidh le càil sam bith nuair a bha làithean obraich nas sàmhaich agamsa.

Tha mi an sàs ann an LUACH, fèis Ghàidhlig a tha an dòchas riuth eadar 8-9 Giblean 2022 ann an Leòdhas is na Hearadh. Tha LUACH air a' stiùireadh le e-sgoil, ach tha buidhnean eile an sàs cuideachd, buidhnean coimhearsnachd, CnaG is An Lanntair. Tha mi an dòchas gum bi na fèisean na phàirt dheth, agus tha mi a' smaoineachadh gur e cothrom math a bhiodh ann na fèisean a shanasachd is bruidhinn ri daoine a dh'fhaodadh a bhith nan saor-thoilich.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan

Fèis an Rubha AGM – 4/10/21, AGM Fèis Tìr a' Mhurain – 26/10/21, AGM Fèis Tìr an Eòrna – 17/11/21, EGM Fèis an Rubah -17/11/21

Treòir Bharraigh Launch Night – 5/10/21 is coinneamhan Treòir eile
Taigh Dhonnchaidh & CnaG 13/10/21
Coinneamh le Calum Fraser, An Lanntair 27/10/21
Child Protection Training – 02/11/21 is Vibrant Volunteering – 23/11/21
LUACH – 24/11/21
Lionraidh oifigearan leasachadh – leantainneach
Coinneamhan sgioba – a h-uile seachdain

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Bidh mi a' lìbhrigeadh seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamhan a' bhùird agus a' toirt taic do na Fèisean far a bheil taic le dearbh-leughadh a dhìth.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh
Thathar a' tabhann chothrom-cosnaidh agus cothroman gus sgilean a leasachadh do chleasaichean le Gàidhlig tro phròiseactan leithid Hùb Hàb, Meanbh-chuileag, Sporan agus am panto Gàidhlig. Thathar a' tabhann chothroman-trèanaidh agus chothroman-obrach do dh' oidean dràma le Gàidhlig tro na Fèisean dràma air-loidhne. Chaidh fear òg fhastadh gus bùthan-obrach dràma lìbhrigeadh ceangailte ris an fhilm Mo Bheannachd Ort! agus chaidh dithis dhaoine òga fhastadh mar chleasaichean ann am panto Gàidhlig na bliadhna sa. Chaidh fear den dithis seo fhastadh cuideachd gus pìosan ciùil agus òrain a nochdas san fhilm a chlàradh agus a mheasgachadh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Meanbh-chuileag 2021: Mo Bheannachd Ort! Bùthan-obrach
Eadar 31 Lùnastal agus 3 Samhain, chaidh bùthan-obrach dràma stèidhte air an fhilm a thabhann do bhun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean, bùth-obrach air loidhne no bùthan-obrach stèidhte san sgoil far an gabhadh sin a dhèanamh. Dhèilig mi ri obair rianachd ceangailte ri na bùthan-obrach seo agus lìbhrig mi fhèin bùthan-obrach ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Chaidh dithis oidiche dràma fhastadh, Raonaid Cheanadach agus Fearghas Rothach fhastadh gus buthan-obrach a' lìbhrigeadh ann an sgìrean eile. Rè an ùine seo fhuair 32 sgoiltean bùthan-obrach agus chaidh 55 bùth-obrach a libhreagadh. Bha 33 dhiubh stèidhte ann an sgoiltean agus chaidh 22 bùth-obrach dràma lìbhrigeadh air loidhne.

Meanbh-chuileag 2021: Mo Bheannachd Ort! Premiere
Thèid taisbeanadh poblach den fhilm Mo Bheannachd Ort! a shruthadh air duilleag Facebook Fhèisean nan Gàidheal air Dimairt 7 Dùbhlachd aig 8f. Thèid dreach eile den fhilm le fo thiotalan ann am Beurla a shruthadh aig an aon àm air duilleag Facebook Fèis Blas.

Sporan 2021 – Mo Bheannachd Ort! Bùthan-obrach aig àm Fèis Blas
Chaidh na planaichean a bh'ann bùthan-obrach dràma a thabhann do bhun-sgoiltean a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd ùrachadh. Thathar a-nis an dùil gan libhreagadh tràth ann am bliadhna 2022.

Club Dràma Air Loidhne
Chaidh dàil a chur air planaichean gus club dràma seachdaineil lìbhrigeadh do dh'inbhich òga às dèidh nan làithean-saora air sgàth obair ceangailte ri pròiseactan Meanbh-chuileag agus Panto Gàidhlig.

Panto 2021
Ged a bhathar an dùil turas a dhèanamh leis a' phanto na bu thràithe sa bhliadhna, às dèidh stiùir fhaighinn bho chaochladh ùghdarasan ionadail, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh san Dàmhair ga fhilmadh a-rithist 's ga thabhann do sgoiltean air loidhne.

Às dèidh nan làithean-saora san Dàmhair agus rè na Samhna, sgrìobh is riochdaich mi an fhilm is thug mi stiùir do na cleasaichean. Tha ceithrear chleasaichean san fhilm; Raonaid Cheannadach, Ceitidh NicPhàrlain, Magaidh Ros agus Pablo Lafuente. Tha seachdnar cloinne, compàirtichean bho Fèis Inbhir Narainn a' nochdadh san fhilm cuideachd.

Chaidh an obair-deasachaidh a dhèanamh an toiseach tro Zoom eadar 15 agus 19 Samhain mus deach dà làithean-deasachaidh buidhne a chumail ann an eaglais Bhaile a' Chnuic air 22 agus 24 Samhain agus latha deasachaidh eile aig Ionad Coimhearsnachd Inbhir Narainn air 25 Samhain. Lìbhrig mi seiseanan deasachaidh fa leth le compàirtichean Fèis Inbhir Narainn air 16 agus 23 Samhain aig Ionad Coimhearsnachd Inbhir Narainn agus fhuair mi taic bho Sorcha O Carroll a tha na ball de chomataidh na Fèise. Thrusich Sorcha na compàirtichean agus thug i taic dhomh le bhith dealbhadh agus a cruthachadh an cuid èideadh.

Chuir mi air dòigh seisean-clàraidh air 23 Samhain le buidheann de sgoilearan ann an clas 6 aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis gus trì òrain a chlàradh a tha mi'n dùil a bhith san dreach deireannach den fhilm. Chaidh na h-òrain a chlàradh gu proifeiseanta le Pablo Lafuente.

Chaidh a' mhòr-chuid den fhilmadh a dhèanamh air Dihaone 26 Samhain aig Ionad Coimhearsnachd Inbhir Narainn ach chaidh ùine a chosg feasgar Diardaoin cuideachd gus earrannan fhilmeadh air a' bhlàr a-muigh. Tha am film ag amas air sgoilearan eadar clas 2 agus clas 7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig s tha e freagarrach son fileantaich ann an àrd-sgoiltean cuideachd. Chaidh Graeme Roger, Wildbird agus Mike Webster, Spiral Out Pictures fhastadh gus an obair-filmaidh agus obair-deasachaidh a dhèanamh agus rè na seachdain tòiseachadh 6 Dùbhlachd thèid ceangal dhan fhilm a chur gu sgoiltean a lìonas an fhoirm-clàraidh is bi cothrom aca an uair sin ga choimhead air loidhne. Thèid taisbeanadh poblach den fhilm a shruthadh tro dhuilleag Facebook Fhèisean nan Gàidheal air Diardaion 16 Dùbhlachd.

Panto 2021 - Goireasan Foghlaim
Thug mi taic do Eilidh NicCarmaig le goireas-foghlaim sceangailte ris an fhilm a chaidh a chruthachadh do sgoiltean. Tha na goireasan seo ri fhaotainn air ar làrach-lìn aig feisean.org/pantomime.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Thèid naidheachd mu na pròiseactan dràma a th'air an lìbhrigeadh tro Fèisgoil fhoillseachadh 's a shanasachd gu cunbhallach tro ar làrach-lìn 's na cunntasan meadhanan-sòisealta againn. Chaidh naidheachd mun taisbeanadh poblach den fhilm Mo Bheannachd Ort! air 7 Dùbhlachd agus naidheachd mun phanto Gàidhlig fhoillseachadh air ar làrach-lìn, Facebook, Twitter agus Instagram. Chaidh naidheachd a chur gu luchd-naidheachd aig m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan-naidheachd.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis – an dràsta 's a-rithist (Zoom/ Skype)

Sreath-stiùiriche – thèid coinneamhan a chumail ma bhios taic a dhìth (Skype)

Panto 2021 – Chaidh sreath de dheich coinneamhan Zoom a chumail le na cleasaichean gus obair deasachaidh a dhèanamh leotha eadar 15 agus 19 Samhain.

Moladh gus club dràma às dèidh na sgoile thòiseachadh
Air 1/12/21 chaidh coinneamh Teams a chumail le luchd-obrach bho Chomunn na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus roinn Ghàidhlig Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis gus club dràma às dèidh na sgòile ath-stèidheachadh sa bhliadhna ùr.

Ainm	Laura NicNeacail
Dreuchd	Oifigear Pròiseactan

Treòir
Tha mi air a bhith a' cuideachadh Eilidh M le Treòir aig baile, gu h-àraidh ann an Sealtainn is Arcaibh. Tha mi ann an conaltradh le luchd-ealain is luchd-ciùil agus rinn mi rannsachadh mu an cànan aca is facal freagarrach air Treòir – sin Voar. Rinn mi bhideo airson sannasaichd.

Foirmeachan cead, SM guidance, taic le UHI teisteanas, sìreadh oidean

Oide
Tha mi air a bhith ag obair le oidean gus sreathan ùra de Dh'Oide a chlàradh aig na dachaighean aca fhèin.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Oide
Tha gach Oide a' cleachdadh criomagan Gàidhlig sna leasanan aca. Tha mi air a bhith gan cuideachadh le eadar-theangachadh.

Tha mi air a bhith air ais is air adhart le 10 oidean a tha gu bhith no a tha air a bhith clàradh sreathan ùra dh Dh'Oide an-dràsta. Tha 4 dhiubh deiseil is tha mi air a bhith an coimhead thairis air an cola-deug a chaidh seachad.

Oide	Cuspar / Ionnsramaid	Dèanta?
Ainsley Hamill	Dannsa-ceum	Tha, beagan ri dhèanamh orra ach tha 3 sreathan cha mhòr deiseil airson an cur suas.
Anna Garvin	Piana	Cha mhòr, tha feadhainn aice fhathast ri clàradh agus tha trioblaid air a bhith aice le gan cur suas gu dropbox ach tha iad aca.
Aonghas MacCoinnich	Fideag	Tha, tha Manus Greumach gan gèarradh an-dràsta, 3 sreathan anns a' Ghàidhlig is sa Bheurla

Calum McIlroy		Tha Calum a' clàradh 2 sreathan an t-seachdain sa agus tha sreath aige mar tha.
Chloe Bryce	An Fhidheall	Tha Chloe fhathast a' clàradh ach cha mhòr deiseil.
Grant McFarlane	Bogsa-ciùil	Tha, 3 sreathan deisiel airson an cur suas gu ar làrach-lin an ceartuair.
Rachel Hair	Clàrsach	Tha, 2 sreathan deisiel airson an cur suas gu ar làrach-lin an ceartuair. Ceòl taic agus arrangement.
Ron Jappy	Giotar	Tha, 3 sreathan deisiel airson an cur suas gu ar làrach-lin an ceartuair.
Deirdre Greumach	Òran Gàidhlig	Tha Deirdre air 3 sreathan a chlàradh le Manus sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Bidh iad deiseil airson an cur suas ann an ùine goirid.
Ciorstaidh Pheutan	Clàrsach	Chan eil Ciorstaidh air thoiseachadh fhathast.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Tha coinneamh luchd-obrach Inbhir Nis a' tachairt gach Dimàirt a-nis agus mar sin tha mi an lathair.

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Ged nach eil mi ag obair do na Fèisean fhèin tro m' obair làitheil mar Rianaire Fèisgoil, tha mi an còmhnaidh toilichte beachdan a thabhainn air oidean ùra, an eòlas a th' agam air a bhith a' teagasg aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne agus goireasan a dhèanamh a chuireas taic dhaibh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Coinneamh Teams le Oidean Treoir | Voar | Virr CnES (3.11.2021)

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Com-pàirtichean
2	1	9

Coinneamh às dèidh dhuinn fios fhaighinn nach robh e ceadaichte Treòir | Voar | Virr a chur air dòigh ann an sgoiltean CnES. Coinneamh gus misneachd a thogail mu bhith a' teagasg air-loidhne agus thug mi fhìn beagan trèanaidh seachad air seo.

Coinneamh Zoom Deireadh Teirm – Blasad Gàidhlig (30.11.2021)

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Com-pàirtichean
2	1	9

Cothrom fios as ùire a sgaoileadh le oidean BG, bruidhinn air mar a tha cùisean a' dol dhaibh agus mu dhuilgheadasan sam bith a th' aig oidean agus goireasan is beachdan a roinn le càch a chèile.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Meanbh-chuileag/Sporan: A' toirt taic do dh'Aonghas le bhith a' cur am panto air dòigh, a' cur air dòigh clasaichean air-loidhne do chleasaiche no dhà a bhios a' teagasg do dh'Fhèisgoil cuideachd gus am b' urrainn dhaibh a bhith ann an Inbhir Nis gus deasachadh airson a' phanto. Tha mi air pasgan òrain agus faclan feumail co-cheangailte ris a' phanto a dhealbhachadh. Tha mi cuideachd air a bhith an sàs ann a bhith a' cur sanasachd air dòigh don cho-obrachadh a th' againn le e-Sgoil airson dràma le Rachel Kennedy agus a' sgaoileadh fios do na sgoiltean.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Tha sgioba làidir de 17 oidean againn am bliadhna. Tha sinn ga lìbhrigeadh ann an 23 sgoiltean taobh a-staigh 6 ùghdarrasan ionadail am bliadhna. Aghaidh ri aghaidh bidh sinn a' tadhal air an Eaglais Bhreac, Glaschu, Dùn Bhreatainn an Iar, Àir a Deas agus Dùn Dè, agus tha sinn cuideachd ga lìbhrigeadh ri Earra-ghàidheal & Bòid air-loidhne. Chuir mi cùmhnantan air dòigh do gach oide agus chuir mi clàran-ama air dòigh leis gach sgoil a rèir an cuid feumalachdan agus feumalachdan an oide, agus bidh mi a' dèiligeadh ri BG bho latha gu latha. Tha còrr is 1,800 pàiste air seiseanan leantainneach fhaighinn tro Bhlasad Gàidhlig an teirm seo fhèin (An Dàmhair – An Dùbhlachd).

Chuir mi fhìn, Eilidh M/B agus Luke pasgan tòiseachaidh air dòigh cuideachd do gach oide ùr a thòisich còmhla rinn am bliadhna, le priob-chairtean, duilleagan-gnìomh m.s.a.a. air am printeadh ann an Inbhir Nis bhon Phasgan BG againn.

Beairteas: Tha mi air biog do gach aoigh eadar-theangachadh agus fios a sgaoileadh do dh'àrd-sgoiltean agus do Chlas 7 ann am bun-sgoiltean le FtMG mu sheiseanan Bheairteis air-loidhne.

TREÒIR | VOAR | VIRR

Tha mi air a bhith a' toirt taic do dh'Eilidh M/B ann a bhith a' trusadh oidean anns gach sgìre. Tha mi air taic a thoirt seachad le bhith a' conaltradh ri na h-oidean a chaidh fhastadh, agus a' cruthachadh docamaidean: biog mu gach oide agus dealbh do na sgoiltean, fios mu Es & Os co-cheangailte ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus tha mi ag obair air bileag mu ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha mi cuideachd an sàs le bhith a' cur coinneamhan Teams air dòigh eadar sgoiltean agus cuid de dh'oidean a tha a' gabhail ri ionnsachadh measgaichte ann an diofar sgìrean.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Tha mi air a bhith a' clàrachadh postan air na meadhan sòisealta againn airson T|V|V suas chun na Nollaig gus oide eadar-dhealaichte a thaisbeanadh gach Diluain agus Dihaoine. Bidh seo a' gabhail a-steach dealbh, bio goirid agus ceanglaichean don làrach-lìn no do dh'eisimpleirean den chuid obrach, leis an dòchas gum faigh iad barrachd obrach bho ar sanasachd san àm ri teachd. Leis gu bheil còrr is 50 oide againn, bidh iad a' nochdadh trì làithean san t-seachdain às dèidh na Nollaige.

Tha mi air a bhith a' trusadh oide tro na meadhanan sòisealta aig a bheil ùidh ann a bhith ag obair le clann aig a bheil feumalachdan a bharrachd agus tha mi air neach a lorg.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis (uair san t-seachdain).
Coinneamhan Fèisgoil le Aonghas agus Eilidh M/B.
Coinneamhan le diofar oidean ùra do Bhlasad Gàidhlig agus T|V|V gus tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad.

Ainm	**Luke Slater**
Dreuchd	**Rianadair**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig
- Làimhseachadh leantainneach air ionnstramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh
- Taic leis an làrach-lìn do bhuill an sgioba
- Cosgaisean fàirdeal agus clàraidh
- A' toirt taic IT agus òstachd airson coinneamhan Sgiobaidhean Microsoft agus Google thar grunn phròiseactan
- Seiseanan trèanaidh airson oidean agus luchd-obrach a' cleachdadh Sgiobaidhean agus Wordpress
- Rianachd airson TREÒIR | VOAR | VIRR
- Rianachd, postairean agus sanasan airson Blas

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Cleachdadh leantainneach air Duolingo
- Le bhith a' fàs misneachail le mo chuid Gàidhlig chuir mi romham a cleachdadh tòrr nas trice - sgrìobhte agus labhairt
- Ionnsachadh leantainneach mu sgiobaidhean Microsoft agus Google Meets airson taic teicnigeach a thoirt seachad.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- A' luchdadh suas bhideo BCU gach seachdain le Bliadhna nan Oirthirean is Uisge air a leudachadh gu 2021. Ceangal Facebook gu ruige seo ann an 2021 - 30,345
- Obair dealbhaidh air a chrìochnachadh airson grunn phròiseactan, gu sònraichte Fèisgoil agus Blas
- Ùrachadh leantainneach air an làrach-lìn, chaidh eisimpleirean ùra a chur ris an làrach airson phròiseactan Tasgadh

Fèisean nan Gàidheal

Cùmhnant rannsachaidh air builean Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2021.02(d)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill mu adhartas le obair rannsachaidh a chaidh iarraidh na bu thràithe am-bliadhna.

Bun Fhiosrachadh

Bidh cuimhn' aig buill a' Bhùird gun deach cùmhnant rannsachaidh airson builean Fèisean nan Gàidheal a thomhas a thoirt do Steve Westbrook le Sandaidh MacAnndrais, cho math ri Pàdruig Moireasdan is Alana NicAonghais, aig a bheil a' Ghàidhlig, ag obair cuide ris san sgioba.

Adhartas

Tha adhartas air a bhith ann leis an obair seo. Tha an sgioba againn air fiosrachadh sam bith a chaidh iarraidh a thoirt do na cunnradairean agus tha còmhraidhean air a bhith ann aig ìrean eadar-dhealaichte. Bha dùil gum biodh an obair crìochnaichte ro dheireadh na Dàmhair, mar a chaidh a ghealltainn, ach tha dàil air a bhith ann fiosrachadh fhaighinn bho na Fèisean agus freagairtean fhaotainn ri ceisteachain. Bidh obair a bharrachd a dhìth mus bi an cùmhnant air a choileanadh.

Ged nach d' fhuair sinn dreach aithisg ann an àm airson a sgaoileadh le pàipearan a' Bhùird, bidh tè ri fhaighinn bho na cunnradairean air thoiseach air a' choinneimh. Thèid seo a sgaoileadh air buill a' Bhùird cho luath 's a bhios i againn.

Gnìomh a dhìth

Thathas ag iarraidh air buill a' Bhùird:

